fèisean NAN GÀIDHEAL

Fèisean nan Gàidheal

A’ toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh den Bhòrd-stiùiridh
111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis
Dihaoine 9 Dùbhlachd 2016 @ 11.30am

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh den Bhòrd Stiùiridh gu bhith ga cumail ann an 111 Sràid na h-Acadamaidh, Inbhir Nis, Dihaoine 9 Dùbhlachd 2016 bho 11:30m

Clàr Chùisean

4.2016.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a)	An làthair	
(b)	Leisgeulan	
(c)	Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhòrd	Airson Aontachaidh
(d)	Cùisean a' togail ceann	
(e)	Geàrr-chunntasan air coinneamhan Blas Festival Earranta	Airson Fiosrachaidh

4.2016.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a)	Adhartas le Pròram-obrach Fèisean nan Gàidheal	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Blas	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(c)	Dealbh-chluich na Nollaige	Airson Fiosrachaidh
(d)	Fèisgoil	Aithris airson Fiosrachaidh
(e)	Tasgadh: Tabhartasan Beaga nan Ealan Dùthchasach	Airson Fiosrachaidh
(f)	Co-chomhairleachadh air Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig	Airson Fiosrachaidh
(g)	Maoin Alba Chruthachail 2018-21	Taisbeanadh agus Deasbad

4.2016.03 CÙISEAN IONMHASAIL

(a)	Teachd a-steach agus teachd a-mach 2016-17	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Cunntasan Riaglaidh Ràitheil gu 30 Sultain 2016	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(d)	Tabhartasan nam Fèis 2016-17	Airson Fiosrachaidh
(e)	Cùmhnantan Maoineachaidh	Airson Fiosrachaidh
(f)	Lèirmheas Bliadhnail Alba Chruthachail	Airson Fiosrachaidh

4.2016.04 CÙISEAN LUCHD-OBRACH

(a)	Fiosrachadh as ùire	Aithris airson Fiosrachaidh
(b)	Oifisean Inbhir Nis	Aithris airson Fiosrachaidh

4.2016.05 CÙISEAN GNÌOMHAIL

(a)	Geàrr-aithisgean Luchd-obrach	Airson Fiosrachaidh agus Deasbaid
(b)	Ballrachd a' Bhùird	Aithris airson Fiosrachaidh
(c)	Àite airson Co-labhairt 2017	Aithris airson Deasbaid

4.2016.06 EILE

(a)	Cinn-latha choinneamhan 2017	Airson Aontachaidh

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-chunntas air coinneamh a' Bhùird Stiùiridh a chaidh a chumail aig Taigh-òsta MhicDhòmhnaill san Aghaidh Mhòir, Dihaoine 23 Sultain 2016 bho 2.00f

3.2016.01 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

(a) An Làthair

Donnchadh MacGuaire (Cathraiche), Deirdre Beck, Kirsteen Ghreumach, Raibeart MacFhionghain, Ùisdean Robasdan, Seumas Caimbeul, Elaine Spence, Peigi NicIllInnein, an Comhairliche Iain A MacÌomhair (CNES),

Art MacCarmaig (an làthair), Calum Ailig Mac a' Mhaoilein (an làthair), Anne Willoughby (an làthair), Eilidh NicCoinnich (an làthair), Moreen Pringle (an làthair)

Rinn Aonghas MacLeòid eadar-theangachadh mar-aon.

(b) Leisgeulan

Ealasaid NicIlleBhàin, Brian Ó hEadhra (Alba Chruthachail), Mòrag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd), Jo Peteranna (HIE)

Ghabh an Cathraiche an cothrom meal-a-naidheachd a chur air ar Prìomh Oifigear Leasachaidh, Nicola Simpson, agus an duine aice Donnchadh, agus gille beag aca a-nis leis an ainm Keir.

(c) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh de Bhòrd Stiùiridh Fèisean nan Gàidheal

Chaidh geàrr-chunntas bhon choinneimh a chaidh a chumail air 13 Cèitean 2016 a sgaoileadh. Mhol Deirdre Beck gum bu chòir gabhail ris mar chunntas fìrinneach den choinneimh, agus Raibeart MacFhionghain a' cur a thaic rithe.

(d) Cùisean a thog ceann

- Tha Oiseanan Leughaidh a-nis air an stèidheachadh sna h-Oifisean againn ann am Port Rìgh agus Inbhir Nis le leabhraichean bho Chomhairle nan Leabhraichean rim faotainn. Thèid barrachd leabhraichean a chur ann nuair a thèid am foillseachadh.
- Thuirt Art gun robh e air feuchainn ri bruidhinn ri Bernard Siosalach (CNES) mu chothroman co-obrachaidh a thaobh E-Sgoil is FèisTV, ach cha d' fhuair e freagairt fhathast ach am fios gun d' fhuaras na teachdaireachdan againn.

3.2016.02 CÙISEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a thaobh a bhith cur Pròram Obrach Fèisean nan Gàidheal an gnìomh

Chaidh aithisg a sgaoileadh le fiosrachadh air adhartas a rinneadh ann a bhith cur a' phròraim obrach an gnìomh sa chiad ràith de 2016-17, agus thugadh fa-near dhi.

- Tha Fèis Spè a' faighinn maoineachadh an-dràsta bho Fhèisean nan Gàidheal airson Oifigear Leasachaidh fhatsadh (Obair Cho-roinnte). Tha iad air maoineachadh a bharrachd a ghleidheadh agus tha Fèisean nan Gàidheal air ealla a ghabhail ri sin a thaobh ìre an tabhartais a thug sinn dhaibh.
- Tha sinn a' beachdachadh air iarrtasan a chur a-steach airson maoineachaidh airson phròiseactan a bhiodh a' comharrachadh na Bliadhna Eachdraidh, Dualchais is Arc-eòlais 2017.

Tha coltas ann gu bheil gach pròiseact a' leantainn orra mar bu chòir a rèir a' chlàir-ama.

(b) Blas 2016

Rinn Art MacCarmaig aithris labhairteach air Blas 2016. Cha deach am fiosrachadh uile a chruinneachadh fhathast airson àireamh an luchd-èisteachd, teachd-a-steach/cosgaisean.

Thèid aithisg iomlan air na nithean sin a chur air beulaibh a' Bhùird san Dùbhlachd.

Tha coltas ann gun deach gu math leis an fhèis am-bliadhna. Bha fèill mhòr air na Cèilidhean Coimhearsnachd agus chòrd tachartasan mar Phil is Aly agus an oidhche mu dheireadh ann an Inbhir Nis gu mòr ri daoine cuideachd. Bha e math tachartasan a chumail a bha a' comharrachadh na tha Rona Lightfoot agus Eòin Dòmhnallach air a dhèanamh thar nam bliadhnaichean airson ceòl is cultar na Gàidhlig.

Cha b' urrainn do High Life na Gàidhealtachd Pròg ram nan Sgoiltean a lìbhrigeadh am-bliadhna agus mar sin bha againne ri a ghabhail os làimh. Bha cuairt dràma ann agus bha Ariel Killick air bùithtean-obrach a chumail ann an sgoiltean.

(c) Tachartasan Samhraidh

Fhuair am Bòrd fios as ùr air diofar thachartasan a thachair as t-samhradh, leithid nan Cèilidhean air Chuairt, an Sgoil Shamhraidh agus Guth nan Gàidheal.

(d) Fèisgoil

Rinn Eilidh NicCoinnich aithris labhairteach do na Buill air na tha air a bhith tachairt le Fèisgoil o chionn ghoirid, a' gabhail a-steach na leanas:

- Iomairt Chiùil na h-Òigridh gu bhith tòiseachadh a-rithist ann an Siorrachd Rinn Friù, Cataibh, Loch Abar agus san Eilean Sgitheanach.
- Pròiseact san Eilean Sgitheanach, a bhios a' tòiseachadh a dh'aithghearr, a chuidicheas sgoiltean le bhith ag ullachadh airson a' Mhòid.
- Ag obair air pròiseact-dearbhaidh airson Pròiseact Seinn Nàiseanta, a bhrosnaicheas a h-uile sgoilear sa bhun-sgoil gu bhith seinn airson co-dhiù 10 mionaidean gach latha.
- A' cruthachadh ghoireasan às dèidh dhuinn òrain a chruinneachadh.
- Chaidh cuairt 4-seachainean a chumail o chionn ghoirid le Hùb Hab.
- Tha sinn letheach sligheach tro chuairt dràma le Meanbh-chuileag timcheall nan sgoiltean a mhaireas sia seachdainean.
- Tha Aonghas air a bhith ag obair air Pròiseact Dràma Òigridh.
- Thathar ag obair air na planaichean airson Panto na bliadhna sa.
- Thèid Seiseanan le Blasad den Ghàidhlig a chumail ann an 7 sgoiltean ann an sgìre na h-Eaglaise Brice ann an làithean-saora an Dàmhair.
- Tha Eilidh is Aonghas gu bhith an làthair aig Latha Fiosrachaidh Gàidhlig ann an Acadamaidh Alanais.

Tha tòrr a' tachairt agus bha am Bòrd glè thoilichte mu bhith cluinntinn mun uiread de phròiseactan inntinneach.

Thuirt Deirdre Beck gun robh iad air maoineachadh fhaighinn san sgìre aca airson pròiseact a chuidicheas sgoilearan le bhith ag ullachadh airson a' Mhòid, ach bha duilgheadasan air a bhith aca le bhith cur a' phròiseict air dòigh a thaobh cò bha gu bhith ruith/stiùireadh a' phròiseict. Chaidh aontachadh gum bruidhneadh i ri Eilidh mu dheidhinn feuch am b' urrainn do dh'Fhèisgoil an cuideachadh.

(e) Tasgadh: Tabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh do na Buill air a' chiad chuibhreann de thabhartasan airson Tasgadh 2016-17, a chaidh a thoirt seachad san Ògmhios.

B' e an ceann-latha airson iarrtasan airson an ath chuibhrinn de thabhartasan, Dihaoine 30 Sultain. Bho thòisich an sgeama, fhuaras tòrr iarrtasan airson phròiseactan ciùil, ach thugadh fa-near gum biodh e math barrachd phròiseactan le sgeulachdan is dannsa fhaicinn.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air toraidhean sgeama Tasgadh 2015-16 san Aithisg Bhliadhnail.

(f) **FèisTV**

Rinn Art MacCarmaig aithris labhairteach air an adhartas a rinneadh leis a' phròiseact FèisTV. Fhuaras maoineachadh bho HIE agus Bòrd na Gàidhlig gus an t-seirbheis a lìbhrigeadh. Thathar an dùil leasanan air-loidhne a thòiseachadh a dh'aithghearr, agus gun tèid ceòl is tachartasan eile a chraoladh bho Fhèisean, consairtean msaa. Chaidh uidheamachd saideil a cheannach mu thràth, agus tha sin a' ciallachadh nach bi sinn an urra ri seirbheisean banna-leathann tìre a tha uaireannan slaodach, agus nì sin cinnteach gum bi na craolaidhean luath agus de chàileachd mhath.

Chuir am Bòrd fàilte air an naidheachd a thaobh an adhartais le FèisTV.

(g) **Plana airson Co-ionannachd, Iomadachd is In-ghabhail**

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fiosrachadh ùr do na Buill air an adhartas leis a' phlana. Chaidh atharraichean beaga a dhèanamh air bhon Ghearran agus chaidh measadh-chunnartan ullachadh. Chaidh lethbhric dhiubh sin a chuairteachadh am measg nam Ball cuideachd.

Chaidh an dreachd den phlana a chur gu Alba Chruthachail agus bha Art air còmhraidhean a chumail o chionn ghoirid le Helen Trew, Oifigear Co-ionannachd is Iomadachd na buidhne.

Às dèidh nan còmhraidhean sin, chaidh dreachd eile den phlana ullachadh agus a sgaoileadh am measg nam Ball. Chaidh an àireamh ghnìomhan a lùghdachadh agus tha na gnìomhan a thathar a' moladh a' dol nas fheàrr le Plana a' Phrògraim againn. Bha na targaidean agus modhan-sgrùdaidh nas soilleire cuideachd.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don dreachd ùir agus dh'aontaich iad a chur a-steach gu Alba Chruthachail airson aonta.

3.2016.03 **CÙISEAN IONMHASAIL**

(a) **Teachd-a-steach is Cosgaisean 2016-17**

Chaidh aithisg leis a' Mhanaidsear Ghnìomha, Anne Willoughby, a sgaoileadh a' sealltainn teachd-a-steach is cosgaisean leis na thachair gu 31 Lùnastal 2016.

(b) **Cunntasan Banca agus am fiosrachadh às ùire**

Mar a bha na cunntasan aig an àm:

- Cunntas Làitheil - £22,282.91
- Cunntas Àrd-rèidh - £436,229.42
- Cunntas Bhlas - £1,903.99

Mhìnich Anne gun robh suimeannan mòra sna cunntasan, agus gun robh sin àbhaisteach airson an ama seo den bhliadhna thoradh chaidh grunn thabhartasan a phàigheadh do dh'Fhèisean nan Gàidheal. Ach thuirt i gum biodh tòrr chosgaisean a' tighinn oirnn san dàrna leth den bhliadhna air an deigheadh an t-airgead seo a chosg.

(c) **Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2016**

Chaidh lethbhreac de na Cunntasan Riaghlaidh gu 30 Ògmhios 2016, a chaidh ullachadh le Mann Judd Gordon, a sgaoileadh agus thugadh fa-near dhaibh.

(d) **Tabhartasan do dh'Fhèisean airson 2016-17**

Chaidh liosta de thabhartasan a chaidh a ghealltainn do dh'Fhèisean airson 2016-17 a sgaoileadh, le suimeannan a chaidh a phàigheadh gu ruige seo, agus thugadh fa-near dhi.

(e) **Cunntasan Sgrùdaichte gu 31 Màrt 2016**

Chaidh na cunntasan bliadhnail airson 2015-16, a dh'ullaich Mann Judd Gordon, a sgaoileadh.

Bidh Anndra Cuimeineach, Mann Judd Gordon, an làthair aig a' Choinneimh Bhliadhnail airson dèiligeadh ri ceist sam bith a bhios aig daoine mu na cunntasan sgrùdaichte.

Chuir na Buil aonta ris na cunntasan.

(f) A' Fastadh Luchd-sgrùdaidh

Chaidh aontachadh Mann Judd Gordon fhastadh a-rithist mar Luchd-sgrùdaidh airson 2016-17.

(g) Aontaidhean Maoineachaidh

Chaidh aithisg le Art MacCarmaig a sgaoileadh le fios as ùr do na Buill air an t-suidheachadh a bh' ann a thaobh nam prìomh aontaidhean maoineachaidh aig a' bhuidhinn. Bha fiosrachadh ann air Alba Chruthachail, HIE, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, CNES agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

Thuirt Art gun robh e cuideachd air aonta a ruighinn le Comhairle na Gàidhealtachd agus CnES mu chosgaisean sgoiltean. Pàighidh Fèisean nan Gàidheal cosgais sam bith a bhios iad a' cur air na Fèisean agus gheibh sinn an t-airgead sin air ais bho na h-ùghdarrasan aig deireadh bliadhna an ionmhais. Chaidh fàilte a chur air an naidheachd seo.

Chaidh bruidhinn air dè dhèanadh Fèisean nan Gàidheal a thaobh Fèis Bhlas nam moladh Comhairle na Gàidhealtachd am maoineachadh aca air a son a ghearradh an ath bhliadhna. Chaidh aontachadh gun cumamaid sùil air an t-suidheachadh agus gum biodh a' phuing seo a' fuireach air a' chlàr-ghnothaich feuch gum b' urrainn do dh'Fhèisean nan Gàidheal co-dhùnadh luath a dhèanamh a thaobh dè thachradh le Blas nan gearradh a' Chomhairle an taic-airgid aca.

3.2016.04 LUCHD-OBRACH

(a) Oifigearan Leasachaidh

Chaidh aithris gun robh Nicola Simpson air a dhol air fòrladh màthaireil san Lùnastal agus gum biodh Rachel Harris a' dol na h-àite mar Phrìomh Oifigear Leasachaidh. Chaidh Karen Oakley a chur an dreuchd Nicola san eadar-àm mar Oifigear Leasachaidh airson nam Fèisean aice.

(b) Oifisean Inbhir Nis

Chaidh aithisg le Calum Ailig Mac a' Mhaoilein a sgaoileadh le fios air oifisean ùra ann an Inbhir Nis.

Thug am Bòrd cead do Chalum Ailig aig a' choinneimh mu dheireadh tairgse a chur a-steach airson oifisean air an Longman ris am feumar freagairt a chur taobh a-staigh ùine shònraichte. Ge-tà, cha deach gabhail ris an tairgse sin. Bhon uair sin tha Calum Ailig air tadhal air na h-oifisean air Barraid Àird Rois a-rithist, far a bheil àite gu leòr ann airson a h-uile duine agus air an ruig a h-uile neach. Ged nach eil àiteachan-parcaidh a dh'aona-ghnothach ann airson nan oifisean sin, tha cothroman parcaidh faisg air làimh.

'S e an latha a thathar a' moladh airson gluasad a-steach, 1 Dàmhair, ach feumar obair a dhèanamh fhathast air siostam-teasachaidh ùr, agus pàighidh an neach leis a bheil an togalach airson na h-obrach sin. Mar sin cha ghluais sinn a-staigh gus an t-Samhain.

Thug Buill a' Bhùird fa-near don aithisg agus bha iad a' coimhead air adhart ri bhith faicinn nan oifisean ùra.

3.2016.05 CÙISEAN GNÌOMHACH

(a) Aithisgean Adhartais Luchd-obrach

Chaidh Aithisgean Adhartais an Luchd-obrach a sgaoileadh agus thug Buill a' Bhùird fa-near dhaibh agus thug iad taing don a h-uile duine airson na h-obrach chruaidh a rinn iad.

(b) Pròram airson na Coinneimh Bliadhnail is na Co-labhairt 2016

Chaidh am pròram airson na Coinneimh Bliadhnail agus na Co-labhairt a sgaoileadh agus bha a h-uile duine a' coimhead air adhart ri tachartas math.

Chuairtich Art am Brath-naidheachd bho Riaghaltas na h-Alba le fios air £33,000 do dh'Fhèisean nan Gàidheal airson taic a chur ri ionnsachadh na Gàidhlig. Bheir sin an comas dhuinn barrachd phròiseactan a thoirt gu buil tro Fèisgoil.

Bha Buill a' Bhùird a' coimhead air adhart ri cluinntinn bho Iain Swinney, Leas Phrìomh Mhinistear na h-Alba, a bha gu bhith toirt seachad òraid air an oidhche.

(c) Aithisg Bhliadhnail

Chaidh Aithisg Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal airson 2016 a sgaoileadh air post-d agus bha lethbhric pàipeir rim faotainn don a h-uile duine aig a' choinneimh.

Thugadh taing do Chalum Ailig agus Art airson an aithisg ullachadh, a bha inntinneach agus fiosrachail.

Thug Buill a' Bhùird fa-near do na bha san aithisg agus thug iad aonta dhi ron Choinneimh Bhliadhnail.

(d) Ballrachd a' Bhùird

Rinn Art MacCarmaig mìneachadh air an t-suidheachadh a thaobh ballrachd a' Bhùird.

Aig an ìre seo, ma dh'fhuiricheas a h-uile ball nan dreuchd fad na h-ùine as fhaide a tha ceadaichte dhaibh, bidh an t-àm ann airson ceathrar Bhall a bhith fàgail ann an 2017 agus bidh còignear eile a' fàgail ann an 2019.

Chan eil ach aon dreuchd bhàn air a' Bhòrd an-dràsta agus chaidh aontachadh gum bu chòir dhuinn sin a lìonadh an-dràsta an àite a bhith feitheamh gu na taghaidhean an ath bhliadhna.

Chaidh beagan atharraichean a mholadh airson an Sgeama gus Buill a' Bhùird a thaghadh agus chaidh gabhail riutha sin.

3.2015.06 EILE

(a) Ceann-latha na h-ath Choinneimh

Bha dùil ann an ath choinneamh den Bhòrd a chumail air 9 Dùbhlachd 2016 ann an Inbhir Nis, agus bha againn ris an uair agus an àite a dhearbhadh fhathast.

(b) Fhuaras litir bho Alba Chruthachail le fios air a' phròiseas airson a bhith cur a-steach airson an ath chuibhrinn de mhaoineachadh, agus chaidh lethbhreac den litir sin a chuairteachadh aig a' choinneimh. Bidh aig Fèisean nan Gàidheal ri iarrtas a chur a-steach as t-Earrach 2017, agus gheibhear co-dhùnadh as t-Fhoghar 2017.

Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Blas Earranta
Seòmar Coinneachaidh 5, Oifisean Comhairle na Gàidhealtachd, Inbhir Nis bho 11:30 air Diciadain 4 Màrt 2015

Meeting of the Board of Directors of Blas Festival Ltd
Meeting Room 5, Highland Council Offices, Inverness from 11:30 on Wednesday 4 March 2015

Geàrr-chunntas | Minutes

B1.2015.01 **An làthair** | Present
George Stoddart (Chair), Cllr Margraet Paterson, Arthur Cormack, Calum A Macmillan

B1.2015.02 **Leisgeulan** | Apologies
Cllr Jean Slater

B1.2015.03 **Geàrr chunntas na coinneimh mu dheireadh** | Note of previous meeting
The minutes of the meeting held on 14 August 2014 were agreed by those present as a true record.

B1.2015.04 **Fiosrachadh a dhìth airson Taigh nan Companaidhean** | Information required for Companies House
It was noted that neither Cllr Jean Slater nor Cllr Bren Gormley had, so far, completed their Form 288a for Companies House.

It was agreed the Chair should write to both following the meeting to encourage them to do so.

B1.2015.05 **Toraidhean Blas 2014 is Cùmhnant Lìbhrigidh** | Blas 2014 Outcomes and Delivery Contract
A paper had been circulated, prepared with statistics and information from Donna Macrae, which showed the outcomes from Blas 2014. This festival had been particularly successful with 18,789 of an audience and was run within budget.

It was brought to the Board's attention that Fèisean nan Gàidheal's Board had decided, in the interests of good governance, that the contract for delivery of the Blas Festival should be re-tendered as an agreement had endured between it and Firefly Productions for 10 years.
Following a tender process at the start of the year, a contract had been awarded by Blas Festival Ltd to Firefly Productions for a period of up to three years.

B1.2015.06 **Cunntasan Bliadhnail Sgrùdaichte gu 31.03.14** | Audited Accounts to 31.03.14
Audited accounts for 2013-14 had been circulated which showed a surplus of £1,093 for the period.

Given that Blas Festival Ltd is a wholly-owned subsidiary of Fèisean nan Gàidheal, the financial position is reflected in the consolidated accounts of the latter organisation.

B1.2015.07 **Plana Fèisean nan Gàidheal agus Blas** | Fèisean nan Gàidheal's Plan and Blas
It was explained to members that Fèisean nan Gàidheal had successfully bid for Regular Funding from Creative Scotland for the years 2015-18 to deliver its Programme Plan.

It had been previously been agreed by Fèisean nan Gàidheal's Board that an attempt should be made to secure regular funding for Blas through any agreement it secured with Creative Scotland. This had achieved and it was anticipated that further funding for Blas would be secured through a new agreement between Fèisean nan Gàidheal and Highlands & Islands Enterprise for the years 2015-18.

This news was welcomed and it was hoped the new arrangements would offer Blas some security of funding over the next few years.

B1.2015.08 **Blas 2015 - Fiosrachadh mun Phròg ram** | Blas 2015 - Information on Programme
A verbal update was given, following the circulation of a draft plan for Blas 2015.

The Blas Action Group had held initial meetings to discuss plans for Blas 2015 and, based on feedback received from Fèisean, promoters and others following this year's festival, there were a number of areas where community engagement needed to be improved:

- There had been a number of comments about ticket prices which, although they had not increased much for 4 years, were deemed quite expensive for some events this year
- Promoters wanted a greater say in the content of the events they were being asked to promote.

Beyond the main concerts, there would be the normal engagement with the usual bodies that collaborate on the wider Blas Schools and Communities Programme.

The update was noted by Board members.

B1.2015.09 **G I S B E** | A O C B
There was no other business.

B1.2015.10 **Ceann-latha na h-ath choinneamh** | Date of next meeting
A further meeting would be called when needed and when it was possible to ensure all members could be present.

Coinneamh de Bhòrd-stiùiridh Blas Earranta
10:00m air fòn, Diardaoin 24mh Samhain 2016

Meeting of the Board of Directors of Blas Festival Ltd
10:00 by phone on Thursday 24 November 2016

Geàrr Chunntas | Minutes

B1.2016.01 **An làthair** | Present
George Stoddart (Chair), Arthur Cormack, Calum Macmillan.

B1.2016.02 **Leisgeulan** | Apologies
There were no apologies.

B1.2016.03 **Geàrr chunntas na coinneimh mu dheireadh** | Note of previous meeting
Minutes of the meeting held on 4 March 2015 were approved as a true record.

B1.2016.04 **Cunntasan Bliadhnail Sgrùdaichte gu 31.03.16** | Audited Accounts to 31.03.16
Audited accounts for the 12-month period to 31 March 2016 had been circulated.

Board members noted the accounts and the year-end outturn.

B1.2016.05 **Cùmhnant Lìbhrigidh Chomhairle na Gàidhealtachd 2016-17** | Highland Council Delivery Contract 2016-17
A copy of the 2016-17 Delivery Contract with The Highland Council had been circulated.

Although not yet signed by Council personnel, it was noted the funding for Blas 2016 had been paid and it was anticipated the outcomes would be delivered.

B1.2016.06 **Buill Chomhairle na Gàidhealtachd** | Members of The Highland Council
A paper had been circulated outlining a decision made by Highland Council personnel regarding the authority's representation on the Board of Blas Festival Ltd.

Board members:
(1) Noted the position with regard to representation from The Highland Council on the Board of Blas Festival Ltd
(2) Agreed that a letter of thanks be sent to all three members of The Highland Council who contributed to Blas Festival Ltd
(3) Agreed that Cllr Margaret Paterson be resigned from the Board of Blas Festival Ltd via Companies House.

B1.2016.07 **Maoin Chomhairle na Gàidhealtachd 2017 air adhart** | Highland Council Funding from 2017 onwards
A paper had been circulated which included recent correspondence between The Highland Council and Blas Festival Ltd. It also outlined possible actions that could be taken along with their relative advantages and disadvantages.

Board members:
(1) Noted recent correspondence between The Highland Council and Blas Festival Ltd
(2) Discussed the options presented
(3) Agreed a position in relation to the offer from The Highland Council
(4) Agreed that the following recommendation should be forwarded to Fèisean nan Gàidheal's Board for consideration and further action:

(a) The Board of Blas Festival Ltd confirmed its understanding that the Blas Festival is an initiative of The Highland Council, regulated by a Service Delivery Contract, which delivers outcomes agreed by The Highland Council in its Gaelic Language Plan and Single Outcome Agreement. As such, it would be unreasonable of the authority to expect the contract to be delivered with a 45% reduction in the funding it proposes to allocate for that purpose in 2017-18, which is already 40% less than when The Highland Council established the festival.

(b) Blas Festival Ltd is mindful that Fèisean nan Gàidheal would wish to deliver undertakings in its Programme Plan 2015-20 and fulfill the terms of its current agreements with Creative Scotland, HIE and Bòrd na Gàidhlig. Given the long-term fruitful collaboration between Fèisean nan Gàidheal and The Highland Council, the Board of Blas Festival Ltd believes it would be reasonable that The Highland Council be asked to enable this by offering a Service Delivery Contract to deliver Blas 2017 for a similar level of funding to that offered for the 2016 festival.

(c) Blas Festival Ltd recognises the challenges facing The Highland Council but think it more appropriate that its funding be considered alongside, and in the same way as, that for other Gaelic organisations, rather than Third Sector organisations with which Blas Festival Ltd had no previous association. Notwithstanding (b), if other Gaelic organisations were to have their funding reduced, Fèisean nan Gàidheal should support Blas Festival Ltd to run a festival in 2017 with a reduction in funding proportionate to that applied to those organisations.

(d) At an early date, The Highland Council must make clear its intentions for the Blas Festival. Should it decide it still wishes to deliver a festival of this nature, the authority must undertake to make sufficient funding available for Blas Festival Ltd to run it. If it no longer wishes the festival delivered, or would wish another entity to deliver it, The Highland Council should indicate its intention to withdraw its Service Delivery Contract with Blas Festival Ltd from 2018 onwards.

B1.2016.08 **Cùmhnant le Firefly Productions** | Agreement with Firefly Productions
A paper had been circulated outlining Donna Macrae's decision not to seek renewal of the contact between Blas Festival Ltd and Firefly Productions beyond the 2016 festival.

Board members:
(1) Noted that the agreement with Firefly Productions ends on 30 November 2016
(2) Agreed that the Company Secretary should write a reference/testimonial for Firefly which may be used to secure further contracts
(3) Agreed that the Chair of Blas Festival Ltd should write to Donna Macrae thanking her, and her colleagues, for their contribution to the success of the Blas Festival.

B1.2016.09 **G I S B E** | A O C B
There was no other business.

B1.2016.10 **Ceann-latha na h-ath choinneamh** | Date of next meeting
It was agreed that a further meeting would be arranged as required once the position of funding from The Highland Council had been clarified.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas le Prògram-obrach Fèisean nan Gàidheal

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2016.02(a)

Adhbhar a' Phàipeir

Airson geàrr-iomradh a thoirt do bhuill a' Bhùird air adhartas le prògram-obrach na buidhne anns an dàrna ràith de 2016-17.

Cùl-fhiosrachadh

Tha an aithisg seo a' dèanamh aithris air an ùine ainmichte gu h-àrd, agus tha i a' toirt sealladh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh chomharran coileanaidh - no builean - a thathar an dùil a choileanadh mu choinneamh amasan ann am Plana Prògraim Fèisean nan Gàidheal a dh'aontaich sinn còmhla ri ar prìomh luchd-maoineachaidh - Alba Chruthachail (AC), Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean (InG), Bòrd na Gàidhlig (BnG), Comhairle na Gàidhealtachd (CnG), Comhairle nan Eilean Siar (CnES) agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid (CEB).

Tha sinn a' cleachdadh siostam 'DOU' – Dearg, Òmar is Uaine – agus gach ìre a' ciallachadh:

Dearg	Chan eil e a' dol air adhart, agus chan eil siùil gan cur an gnìomh fhathast airson cùisean a leasachadh - cunnart ann nach coileanar na targaidean
Òmar	Chan eilear a' coileanadh na targaide, ach tha siùil gan cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gun tèid a coileanadh
Uaine	A' dol air adhart mar bu chòir

Cuideachd, tha na dathan a leanas a' dèanamh ceangal eadar gach buil agus raointean leasachaidh bhon Phlana Prògraim aig Fèisean nan Gàidheal airson 2015-20:

Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		Raon sa Phlana Prògraim	Adhartas	Ìre
Alba Chruthachail - Àrd-amasan				
A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail				
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean		Fhuair ceithir Fèisean taic-airgid luach £3,290 mu choinneamh phròiseactan a chosg £6,638.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròram obrach fad na bliadhna a chur air chois		Chaidh £27,833 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròram obrach aonaichte gu buil.	

			Tha sinn an dùil coinneamh a chumail riutha ann an R3, letheach slighe tron ùine mhaoinichte, a choimhead air adhartas leis a phlana aca a chur an gnìomh.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig		Fhuair Fèis an Earraich tabhann air maoineachadh gus clàran 'demo' a chlàradh le seinneadairean Gàidhlig òga a tha ag obair le luchd-ciùil ionadail.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra		Bha òrain ùra an lùib choimisean Bhlas 2016 air an sgrìobhadh le Marcas Mac an Tuairnear agus Màiri Anna NicUalraig. The sinn an dùil Fèis nan Òran a chumail nas fhaide air adhart sa bhliadhna agus bidh seisean ann air mar a ghabhas òrain ùra a dhèanamh.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra		Chaidh coimisean ùr a thoirt seachad son Blas 2016 agus chùm Màiri Ann NicUalraig, cuide ri Nick Turner is càch ceithir cuirmean de *Beul na h-Oidhche gu Camhanaich* aig an fhèis. Tha iad a-nise a' coimhead ri cothroman a bharrachd aig fèisean eile an taisbeanadh a chur air adhart.	
AC6	A' cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh		Chaidh an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail ann am Port Rìgh eadar 4 agus 15 luchar.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail				
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh		Chaidh £238,152 a thabhann do 43 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus chaidh an stiùireadh atharrachadh gus am bi fios aig na Fèisean mu na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh gus an urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil		Tha iarrtas mòr ann fhathast air ionnstramaidean nuair a tha na Fèisean ann, agus tha sinn air sanasachd a dhèanamh feuch am bi barrachd dhaoine a' gabhail ionnstramaidean bhuainn air mhàl nuair nach eil na Fèisean ann.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon		Tha sinn a' cumail oirnn a' stiùireadh an sgeama seo bho ar prìomh oifisean agus tha sinn a' cumail oirnn a' dèanamh deuchainnean 'foillseachaidh' (*disclosure*) airson Fèisean le 70 dhiubh gu deireadh R2.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan		Gheibhear maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Chaidh taic a thoirt do 5 luchd-cùraim gu deireadh R2.	
AC11	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)		Chaidh an deicheamh Fèis Dràma Earra-Ghàidheal air adhart sa Chèitean le trì sgoiltean a' sealltainn ceithir dealbhan-cluich. Chaidh tachartas Loch Abar air adhart fa leth agus chùm Fèisean nan Gàidheal taic ris na sgoiltean le cosgaisean siubhail.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G		Fhuair 10 Fèisean taic le cur-seachadan Gàidhlig a chur air dòigh agus goireasan airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.	
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann		Chaidh ar n-iomairt ùr ro-sgoile, Hùb Hàb, air chuairt le 43 taisbeanadh do 1,110 sgoilearean bho 44 sgoiltean agus buidhnean coimhearsnachd.	

	am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean			
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail		Bidh co-dhiù aon chuirm phoblach aig gach Fèis - bidh a dhà aig a' mhòr-chuid - agus gheibh iad sin taic bhon Sgeama Thabhartasan.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta		Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bha an dàrna ceann-latha de thrì air 30mh Sultain. Fhuair sinn 19 tagraichean agus chaidh tabahrtasan luach £17,072 gu h-iomlan a phàigheadh gu 14 pròiseactan.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh				
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean		Chaidh £19,300 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.5 dreuchd Ionann ri Làn-thìde (ILT).	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh		Fhuair Fèis an Tairbeirt (Earra-Ghàidheal) ballrachd ann am Fèisean nan Gàidheal agus tha sinn mothachail air Fèis eile a dh'fhaodadh a bhith a' tachairt ann an Càradal.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd		Bidh ar Prìomh Oifigear Leasachaidh a' dol gu coinneamhan den Bhuidhinn-stiùiridh aig Com-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd agus dh'obraich sinn còmhla riutha a-rithist gus sanasachd a dhèanamh air cuirm òigridh a chaidh a cumail aig na IronWorks ann an Inbhir Nis mar phàirt de Bhlas.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh fèis na bliadhna-sa a chumail eadar 2 agus 10 Sultain le 45 cèilidh is consart a bharrachd air tachartasan sgoile, ceòl ann an ospadailean is dachaighean-cùraim, dràma, tachartasan teaghlaich, cuairtean is eile. Thòisich an fhèis le oidhche shònraichte a' comharrachadh an 80mh ceann-bliadhna aig tè de shàr luchd-ciùil is lasairean cultarail Uibhist, Rona Lightfoot. Nas fhaide air adhart air an fhèis bha cuirm ann a chomharraich na rinneadh do cheòl Gàidhlig le sàr Sgitheanach, Eòin Dòmhnallach. Airson an 11mh uair ann an 12 bliadhna, chaidh pìos ciùil ùr fhoillseachadh mar phàirt den fhèis le coimisean ùra bho Mairi-Anna NicUalraig agus Nick Turner fon ainm *Beul na h-Oidhche gu Camhanaich*. Bha 4 taisbeanaidhean ann den choimisean a bha stèidhichte air òran, sgeulachdan is ceòl co-cheangailte ris na speuran – na rionnagan, a' ghrian, a' ghealach agus na Fìr Chlis. Thairis air na 9 làithean den fhèis nochd cuid dhan an luchd-ciùil traidiseanta is seinneadairean Gàidhlig as fheàrr aig tachartasan air feadh na Gàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal, nam measg; Sharon Shannon, Na Red Hot Chilli Pipers, Phil Cunningham agus Aly Bain, Trail West, Tide Lines Fergie Dòmhnallach, Maighread Stiùbhart, Paul MacCallum agus Linda NicLeòid. A-rithist bha òigridh	

			aig cridhe gnothaichean le Na Cèilidhean air Chuairt, Guth na nGael, Graham MacCoinnich, Brìghde Chaimbeul, *O Chruinneag, E Chruinneag* - buidheann ùr le Ellen NicDhòmhnaill, Eilidh NicCarmaig, Ceitlin Nic a' Ghobhainn agus Innes White a bharrachd air seinneidearan Fuaran. Mar phàirt de phròg ram sgoiltean agus coimhearsnachdan na fèise bha taisbeanaidhean ciùil, bùithtean-obrach sgìlean ciorcas is dràma, aithris sgeulachdan, taisbeanaidhean dràma agus obair le clann ro-sgoile.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean agus an Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a chumail san Iuchar, na dhà dhiubh nan tachartasan còmhnaidheach air an cumail sa Ghàidhlig.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile				
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean		Tha ceathrar Oifigearan Leasachaidh againn agus bidh gach neach a' toirt taic do ghrunn Fhèisean. Ge-tà, tha an sgioba seo sùbailte nan obair agus bheir iad taic do chàch a chèile nuair a tha aon oifigear gu h-àraidh trang. Tha iad an sàs ann an tòrr dhiofar leasachaidhean airson nam Fèisean.	
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail		Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòr-chuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin. Chuir sinn Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail ri chèile mar a dh'iarr Alba Chruthachail ris an do dh'aontaich iad.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain		Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta		Ghabh 454 neach-eagrachaidh agus com-pàirtichean cothrom air trèanadh ann an 58 seiseanan. Bidh trèanadh eile ri fhaighinn aig àm sam bith nuair a bhios feum air.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin		Chaidh 12 seisean trèanaidh a chumail gu ruige seo ann an 2015-16 airson luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh		Tha sinn an dùil stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh aon uair 's gum bi iad a' togal chomharran airson UCAS ann an Alba uaireigin ann an 2016.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal				
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh		Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus gus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh. Faicibh AC12 shuas.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt		Bha 8 Cèilidhean air Chuairt ann an 2016-17 air an ruith le taic-airgid bho	

	as t-samhradh		Fhèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-steach tè ùr ann an Inbhir Narainn agus Inbhir Nis. Bha Fèis Rois cuideachd a' cumail 3 Cèilidhean eile air Chuairt, le maoineachadh fa leth. Chluich an ochd a mhaoin sinne air beulaibh barrachd air 15,000 duine.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile		Chaidh Blas a chumail eadar 2 is 10 Sultain 2016. Faicibh AC19 gu h-àrd.	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte		Ged a rinn sinn tagradh airson airgead mu choinneamh Bliadhna an Ùr-ghnathachais, Ailtireachd agud Dealbhadh, cha deach leinn. Bhitheamaid a' sùileachadh barrachd soirbheas le Bliadhna Eachdraidh, Dualchais agus Arc-eòlais ann an 2017 no Bliadhna na h-Òigridh ann an 2018.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh		Bha còmpairtichean san iomlaid againn, Guth na nGael, a' cluich do Phrìomh Mhinistear na h-Alba agus Uachtarán na hÉireann aig dereadh An t-Ògmhios. Bha sinn ag obair le Comann Crann na h-Alba airson bursaraidh siubhail eadar-nàiseanta a thoirt do neach-ciùil òg bho na Fèisean agus 's I Brìghde Chaimbeul a shoirbhich. Chluich am buidheann Guth na nGael aig cuirm Bhlas san Òban agus aig tachartas sònraichte ann an Abaid Eilean Ìdhe.	
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		Tha barrachd is barrachd der n-obair ga taisbeanadh sna meadhanan sòisealta agus tha grunn thachartasan rim faicinn a-nis air ar sianal YouTube, agus tha barrachd bhidiothan gan cur ris. Tha sinn an dòchas seanail didseatach FèisTV a chur gu seòl nas fhaide air adhart air a' bhliadhna.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**				
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean		Chaidh bùth-obrach trèanaidh air adhart san Lùnastal airson oidean an sàs ann an Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Thathar a' dèanamh sgrùdadh air trèanadh do dh'oidean an-dràsta agus chuir sinn cùmhnant a-mach gu tairgse airson cùrsa a dhealbhadh a ghabhadh a lìbhrigeadh ann an Gàidhlig no Beurla ann an diofar sgìrean agus, ma dh'fhaodte, air-loidhne.	
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs		Thèid sreath de sheiseanan trèanaidh Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean a chur air dòigh san treas ràithe den bhliadhna ionmhais.	
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos		Tha sinn an dòchas am pròiseact Fuaran a leudachadh, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin a' togail nan sgilean sin.	

AC36	A' toirt trèanadh ann an sgilean cleasachd do dhaoine òga		Chaidh muinntir nan Cèilidhean air Chuairt tro seachdain trèanaidh aig Fèis Alba san Iuchar, a bharrachd air tachartasan trèanaidh ionadail ron sin sna sgìrean aca fhèin.	
AC37	A' toirt trèanadh do dhaoine òga airson a bhith ag obair ann an gnìomhachas a' chiùil		Bha pàirt den trèanadh sin ri fhaighinn aig Fèis Alba san Iuchar, agus cuiridh sinn tuilleadh trèanaidh air dòigh ma tha sin a dhìth.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Bhon a chaidh Manaidsear airson Fèisgoil fhastadh chaidh an t-seirbheis Fèisgoil a leudachadh gu mòr agus chaidh cùmhnantan aontachadh le grunn ùghdarrais ionadail. Chaidh Meanbh-Fhèis a chumail ann an Àrd-sgoil Phort Rìgh san Ògmhios. Bha sinn fortanach gun deach airgead a bharrachd airson obair Fèisgoil ainmeachadh leis a' Leas Phrìomh Mhinistear, Iain Swinney BPA, nuair a bhruidhinn e aig ar co-labhairt san t-Sultain.	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus prògraman eile		Leanaidh na clasaichean Ciùil Traidiseanta anns gach sgoil ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus ann an grunn sgoiltean ann an Siorrachd Rinn Friù sa bhliadhna sgoile 2016-17.	
AC40	Prògraman de chlasaichean Gàidhlig ann an sgoiltean coltach ri GLPS		Tha clasaichean Gàidhlig air a bhith a' ruith anns An Eaglais Bhreac, Àir an Ear agus Àir a Deas gu ruige seo ann an 2016-17. Leis an airgead a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba, thèid tuilleadh a chumail ann an sgìrean ùghdarrais eile.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Chaidh 5 Latha a chumail sa Ghiblean 2016 agus ghabh 11 deugaire le Gàidhlig pàirt ann an grunn chur-seachadan ann an Gàidhlig. Bha cothrom ann do thuilleadh dhaoine air tachartas còmhnaidheach Gàidhlig le Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig san Iuchar san do ghabh 11 pàirt.	
AC42	CPD ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Chaidh latha trèanaidh airson luchd-teagaisg a chur air dòigh san Eaglas Bhreac tro Fèisgoil sa Ghiblean agus bha sinn aig An t-Alltan san t-Sultain airson seirbhisean Fèisgoil a reic.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin				
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015		Ged a chuir sinn Plana Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail gu Alba Chruathchail ro dheireadh a' Mhàirt 2016, cha deach aontachadh ris dhan t-Sultain. Tha sinn a-nise air tòiseachadh a chur an gnìomh.	
AC44	Plana Co-ionannachd is Iomadachd a dhealbh airson toiseach Bliadhna 2 den Mhaoineachadh Chunbhalach		An aon rud ri AC43.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.				
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)		Thòisich luchd-obrach is Buill a' Bhùird a' clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean 2015. Tha oidean air am fastadh le Fèisean nan Gàidheal gan clàradh	

			cuideachd bho 1 Giblean 2016.
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math		Bidh sinn a' cur tòrr thachartasan air dòigh ann an sgìrean ionadail, agus sin a' ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain.
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba			
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach		'S ann tro mheadhanan didseatach as motha a bhios sinn a' conaltradh a-nis. Tha sinn air dà chuairt-litir a dhèanamh ann an 2016-17 thuige seo, agus chaidh iad sin a sgaoileadh gu h-eileagtronaigeach, agus bidh sinn a' cleachdadh ar làrach-lìn, meadhanan sòisealta agus Mailchimp gus sanasachd a dhèanamh air tachartasan is iomairtean eile.
AC48	A' dèanamh ghoireasan Gàidhlig is ciùil thraidiseanta ùra		Tha am pròiseact Fuaran air crìochnachadh agus chaidh a sgaoileadh fad is farsaing.
AC49	A' cur ghoireasan teagaisg is eile ann an cruth didseatach feuch an gabh iad an cleachdadh le barrachd dhaoine		Aon uair 's gu bheil FèisTV air bhonn, bidh cothrom againn an obair seo a leudachadh agus leasanan air-loidhne a bharantachadh.
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach		Tha am pròiseact Fuaran a' leantainn leis na h-òrain bhon chiad tamail ri fhaighinn a-nise.
AC51	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan		An aon rud ri AC32.

Fiosrachadh Àireamheil							
Obraichean a fhuair taic (air an cruthachadh/ gleidheadh) ILT	41.1	Airgead air a tharraing a-steach (HIE)	£587,954	Meudachadh san toradh ionmhasail	£30,226	Luchd Saor-thoileach	662
Tabhartasan do dh'Fèisean	£159,591	Tabhartasan Eile	£26,247	Compàirtichean/luchd-ionnsachaidh aig Tachartasan nam Fèisean	3,431	Seirbheisean a chaidh an leasachadh	4
Seirbheisean Ùra ann an Sgìrean Dùbhlanach	2	Luchd-trèanaidh	454	Luchd-èisteachd aig consairtean/tachartasan nam Fèisean	5,996	Luchd-èisteachd Bhlas	4,014
Luchd-èisteachd nan Cèilidhean air Chuairt	15,135	Fèisean ùra air an stèidheachadh	1	Barrachd chomasan aig buidhnean coimhearsnachd	2	Tachartasan Cultarach	415
Tachartasan Bhlas	91	Tachartasan nan Cèilidhean air Chuairt	186	Cothroman cluich/cleasachd eadar-nàiseanta do dh'òigridh	3	Iomlaidean eadar-nàiseanta	1
Cothroman Coimeirsealta	1	Obair co-cheangailte ri rian a chumail air atharraichean sa bhuidhinn	1	Obair thionnsgalach	4	Daoine òga a fhuair taic gus pàirt a ghabhail ann am pròraman trèanaidh	55

Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean				
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil				
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain		Faicibh AC38 gu h-àrd.	
InG2	A' leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan		Faicibh AC13 gu h-àrd..	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan		Faicibh AC41 gu h-àrd.	
InG4	Leasachadh Proifeiseanta Leantainneach ann an ealain is cultar na Gàidhlig do luchd-teagaisg nan sgoiltean		Faicibh AC42 gu h-àrd.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig		Bithear a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean àbhaisteach gu Gàidhlig gu cunbhalach gus cuideachadh le bhith coileanadh ar Poileasaidh Gàidhlig.	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse		Faicibh AC40 gu h-àrd.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean				
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh		Faicibh AC17 gu h-àrd. Chaidh Fèis ùr a stèidheachadh ann an Tairbeart (Loch Fìne) agus thèid taic a chumail rithe tron sgioba Oifigearan Leasachaidh againn.	
- We greatly appreciated the support of Creative Scotland's Communications Team when the subject of a Daily Mail 'investigation'!

c) Would you like to make any recommendations on how your relationship with your Lead Officer or Creative Scotland could be improved in the coming year?

We are content enough with how things are although, as ever, it would be nice to see Creative Scotland personnel other than our lead officer at some of our events. We do realise geography is challenging but that is an area we feel should be addressed so that a range of Creative Scotland personnel can experience our work first-hand. This is especially important with the next round of RFO bids on the horizon.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-aithisgean Luchd-obrach

Àireamh air a' Chlàr Chùisean: 4.2016.05(a)

Ainm	Art MacCarmaig
Dreuchd	Ceannard

Cinn-latha chudromach san leabhar-latha bho chaidh a' choinneamh mu dheireadh a chumail

23.09.16 An làthair aig Co-labhairt Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal
24.09.16 An làthair aig Co-labhairt Bhliadhnail Fèisean nan Gàidheal
25.10.16 Coinneamh fon le Daibhidh Francis mu thrèanadh luchd-teagaisg
26.10.16 Coinneamh de phanal Tasgadh
27.10.16 Coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (Iomairtean)
28.10.16 Coinneamh le Calum agus Eilidh ann an oifis Inbhir Nis
07.11.16 Coinneamh bhliadhnail le Brian Ó hEadhra bho Alba Chruthachail
11.11.16 An làthair aig dìnneir Talla nan Seòid aig Hands Up for Trad ann an Dùn-Dè
16.11.16 An làthair air Duaisean na Gàidhlig ann an Glaschu
21.11.16 Coinneamh sgioba-obrach air fòn
21.11.16 Agallamhan son cùmhnant trèanaidh air fòn
23.11.16 Coinneamh mu Bhòrd Ro-innleachdail Cultur na Gàidhealtachd
23.11.16 Òraid son oileanaich a' chùrsa ciùil aig SMO mu obair nam Fèis
24.11.16 Coinneamh Bòrd-stiùiridh Blas Earranta
29.11.16 Coinneamh leis na buidhnean a bha co-obrachadh le ATLAS air pròiseact leasachaidh tàlant
30.11.16 Coinneamh planaidh ann am Port Rìgh leis an sgioba-obrach
03.12.16 An lathair aig Duaisean Ciùil Traidiseanta na h-Alba ann an Dùn-Dè
05.12.16 Coinneamh de Bhuidheann-stiùiridh Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh (Iomairtean)
08.12.16 An làthair aig fàilteachas Alba Chuthachail ann am Pàrlamaid na h-Alba

AINM	**CALUM AILIG MACMHAOLAIN**			
DREUCHD	**MANAIDSEAR LEASACHAIDH**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Gu ruige seo tha sinn air na leanas aontachadh airson 2016/17: • Fèis Spè – suas ri £29,333 mu choinneamh dreuchd Oifigear Leasachaidh (1.0 FTE) • Fèis an Tairbeirt - £750 mu choinneamh a' chiad fhèis aca agus bùithtean-obrach air na miosan ri teachd. • Fèis a' Bhaile - £750 mu choinneamh tachartasan shonraichte a bh' aca mar phàirt dhan an 25mh fhèis aca.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson prògram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Tha Fèis Spè a' fhaighinn taic tron sgeama Leasachaidh gus neach-obrach làn-ùine a chumail an dreuchd gus program na fèisean neartachadh sa leasachadh. Tha mi cuideachd air a bhith a' cumail taic ri Karen agus Fèis Inbhir Narainn gus beachdachadh air dòighean dhaibh am program-obrach agus dreuchd an neachd rianachd a leasachadh.	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	As na 3-6 miosan a dh' fhalbh tha na h-oifigearan leasachaidh air a bhith 'g ullachadh planaichean	

	leasachaidh le na Fèisean. Bidh mi ag obair gu dlùth còmhla riutha gus dèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh ga thoirt seachad dha na Fèisean gus na h-amasan aca a choileanadh anns an ùine ri teachd. Tha mi an dùil ri barrachd iarrtasan dhan an sgeama leasachaidh ach tha mi cuideachd a brosnachadh na h-oifigearan a bhith coimhead ri maoin eile a tha ri fhaighinn gu sgireil 's dhan cuideachadh le feadhainn a tha mi fhìn air lorg.
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra
	Chan eil sinn air a bhith an sàs leis a leithid seo do phròiseact fhathast air a' bhliadhna seo ach tha sinn air a bhith bruidhinn air 'Fèis nan Òran' a chuir air dòigh a-rithist agus bidh e mar amas dhuinn a bhith brosnachadh sgriobhadh òrain mar phàirt dhan a seo.
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra
	Chaidh coimisean Blas 2016 a thoirt gu Mairi Anna NicUalraig agus Nick Turner. 'S e Beul na h-Oidhche gu Camhanaich ainm a' choimisean a bha làn de dh' òrain agus ceòl co-cheangailte ris na speuran le seanchasan co-cheangailte ris a' ghrèin, ris a' ghealaich agus ris na rionnagan, agus cuid de mhìorbhailean iarmailtean na h-Alba, a' gabhail a-steach na fir chlis. Tha Mairi-Anna an dòchas barrachd taisbeanaidhean a dhèanamh leis a' choimisean san àm ri teachd.
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail	
AC11	Bùithtean-obrach is prògraman le Meanbh-Chuileag (tro mheadhan na Gàidhlig no a tha ag èirigh às a' Ghàidhlig)
	Chaidh an dealbh-cluiche 'Le Meas' air an rathad san t-Sultain agus an Damhair a' tadhail air sgoiltean air feadh Alba. Bha an dealbh-cluiche stèidhichte ann an Siria 's bha emu dheidhinn saorannachd chunntasach. Tha an fhiosrachadh a tha sinn air fhaighinn air ais bho na sgoiltean a chunnaic an dealbh-cluiche air leth taiceil.
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G
	Chan eil iarrtas ro mhòr air a bhith ann airson Sgioba-G as na beagan miosan a dh' fhalbh 's tha mi den bheachd gun fheum sinn cruth agus na cur-seachadan ùrachadh agus a bhith brosnachadh na Fèisean a bhith ga chleachdadh barrachd.
AC13	A' stèidheachadh agus a' toirt sreath de thachartasan ealain Ghàidhlig gu buil airson clann nan tràth-bhliadhnaichean ann am foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach ceòl, òrain, dràma agus pupaidean
	Tha Hùb-Hàb air Ghleus air a bhith timcheall buidhnean air a' Ghàidhealtachd agus meadhan nan dùthcha bho thoiseach na bliadhna. Tha an delabh-cluiche goirid a' fhaighinn moladh mòr 's tha mi den bheachd gun gabhadh an obair seo a leasachadh tuilleadh 's gum bi cuairtean cunbhalach a' gabhail àite.
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh
	As na beagan miosan a dh' fhalbh chum Fèis an Tairbeirt agus Fèis an Iar Dheas na ciad thachartasan aca 's bha iad air leth soirbheachail. Chaidh Fèis a chumail le buidheann ann an Cille Mhearnaig san t-Sultain, 's ged nach eil nan ball de Fèisean nan Gàidheal aig an ìre-sa chaidh gu math leotha agus tha iad an dùil comataidh cheart a chuir ri chèile. Bidh mi coinneachadh le buidheann de phàrantan ann an Cille-Bhrìghde an Ear sa Bhliadhn'-Ùire is ùidh aca Fèis a steidheachadh sa sgìre.
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	Bha mi gu mòr an sàs le Blas 2016 aig ìre planaidh agus a-muigh aig Tachartasan rè na Fèise. B' e Fèis shoirbheachail a bh' ann le cuid dhan an luchd-ciùil is seinneadairean às fheàrr a th' againn a' nochdadh aig Tachartasan air feadh na Gàidhealtachd is Earra-Ghàidheal. Tha sinn a-nis a' coimhead air 2017 agus bidh mi an sàs le obair planaidh airson seo san àm ri teachd.
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig
	Chaidh 5 Latha 2016 a chumail eadar an 4-9 Giblean 's a-rithist bha e soirbheachail le fìor dheagh mholadh bho chom-pàirtichean agus pàrantan. Tha sinn an dòchas Fèis nan Òran a chumail sa

	Bhliadhn'-Ùire. Thèid 5 Latha 2017 a chumail eadar 10-15 Giblean. Bidh sinn cuideachd a' cumail 5 Latha nan Oileanach san t-Òg Mhios 's tha mi an-dràsta an sàs le bhith a' cur seo air dòigh.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha mi a' cumail stiùir air an sgioba leasachaidh gu làitheil agus a' toirt cuideachadh dhaibh mar a bhios iomchaidh. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth leotha air na miosan a dh' fhalbh gus dèanamh cinnteach gu robh taic aca thar miosan trang an t-samhraidh. Tha mi air a bhith ag obair dlùth leotha as na seachdainnean a dh' fhalbh gus beachdachadh air na planaichean leasachaidh a thànaig a-staigh agus planaichean obrach ullachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an taic iomchaidh ga chumail ri na Fèisean fhad 's a tha sinn a' dol air adhart.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Bho chionn beagan sheachdainean rinn sinn trèanadh Ghàidhlig còmhla ri Iain MacIlleChiar mar Sgioba. Bidh mi ag obair le na h-oifigearan gus dèanamh cinnteach gu bheil na Fèisean fhèin agus an luchd-teagaisg a' fhaighinn taic agus trèanadh iomchaidh. Bha mi an sàs leis an obair gus tairgse a dhealbhadh airson trèanadh luchd-teagaisg 's chaidh sin a shanas san Damhair, le cothrom do dhaoine a chuir a-staigh airson obair gus cùrsa trèanaidh a dhealbhadh do luchd-teagaisg aig ìre-tòiseachaidh agus ìre nas adhartaiche.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Tha sinn mothachail air na cothroman agus an togail a tha com-pàirtichean na Fèisean a fhaighinn tro bhith an sàs le diofar phròiseactan, tachartasan, co-obrachadh is eile 's tha sinn a' dèanamh oidhirp coimhead ri tuilleadh cothroman dhaibh aig Fèisean Ciùil, tachartasan sònraichte agus tro iomlaidean. Chaidh cuisean gu math leis an iomlaid a bh' againn le Ionad Oriel ann an Dundalk agus tha sinn airson an ceangal a th' againn leotha a chumail rè 2017. Bha mi cuideachd a' comhradh le Maolcholm Scott a tha na Oifigear de Foras na Gaeilge ann an Èirinn agus bidh mi ag obair leis gus buidheann a Dubh nan Gall a thoirt a-null do dh' Alba san t-Samhradh 2017.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Tha mi toirt taic le eadar-theangachaidhean aig diofar amannan agus a' toirt stiùir do dh' oifigearan ma tha ceistean sam bith ag èirigh	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Chum sinn taic ri 8 Cèilidhean air Chuairt am bliadhna le Fèis Inbhir Narainn am buidhean às ùire a ghabh a-null an Cuairt Challeanach a bha roimhe neo-eismeallach bho na buidhnean eile.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Faic AC19	
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	'S e 2016 Bliadhna Innleachdais, Ailtireachd agus Dealbhachaidh ann an Alba 's bidh sinn a' coimhead airson cothroman sònraichte dhan a' bhuidheann agus na Fèisean.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC26 Nochd seinneadairean bhon phròiseact Fuaran aig Celtic Colours ann an Ceap Breatainn san Damhair 's bidh cothrom aca a-rithist òrain bhon a' phròiseact a sheinn dhan t-sluagh aig Celtic Connection air Disathairne 28 Faoilleach.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC34	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean Gàidhlig do dh'oidean nam Fèisean gus dèanamh	

	cinnteach gun tèid am Poileasaidh Gàidhlig a chur an sàs	
	Bidh mi ag obair dlùth le na h-oifigearan leasachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil am pàirt seo den phoileasaidh dhan cur an gnìomh le na Fèisean.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Tha Eilidh air an t-uamhas obair a dhèanamh gus Fèisgoil a shanas agus bidh mi a' toirt taic dhi mar a bhios iomchaidh.	
AC41	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Tha mi dèanamh seo gach mios le na cosgaisean a tha mi a' clàradh	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach	
	Tha mi dèanamh seo airson na pròiseactan anns a bheil mi fhìn an sàs 's tha mi ag amas air barrachd feum a dhèanamh dhan an làrach ùr againn bho seo a-mach. Tha mi air a bhith an sàs le bhith a toirt planaichean airson Fèis TV gu buil. Tha sinn air taic-airgid a ghlèidheil a-nis bho Bhòrd na Gàidhlig agus Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean 's bidh mi 'g obair gu dlùth ris a' cheannard gus an t-seirbheis a chuir air bhog sa Bhliadhn' Ùire.	
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Tha pròiseact Fuaran a-nis air fhoillseachadh ann an cruth CD le leabhran agus cuideachd gu didseatach air loidhne. 'S e goireas sònraichte a tha seo agus air na seachdainean ri thighinn bidh sinn a' coimhead ris an ath ìre dhan a' phròiseact seo. Tha mi ag obair le Rachel gus beachdachadh air an ath cheum gus an obair seo a leudachadh bho 2017 air adhart.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	A' sanasachd Fèisgoil mar sheirbheis iomlan a tha tabhann cothrom air ionnsachadh cruthachail tro dhiofar sheòrsaichean ealain	
	Faic AC38	
InG2	A' leudachadh phrògraman de sheirbheisean Gàidhlig ann an sgoiltean, a' gabhail a-steach tachartasan ealain Ghàidhlig aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean agus ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC11,12,13 agus 20	
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20	
InG6	Teagasg Gàidhlig ann an sgoiltean nuair bhios cothroman gan cur a-mach gu tairgse	
	Faic AC40	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach	
	Faic AC1	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	

	Faic AC20	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC26	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.17	
	Chaidh trèanadh cànain a dhèanamh le Iain MacIlleChiar ann an Inbhis Nis aig toiseach an Damhair.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.17	
	Faic AC25	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.17	
	Tha Fèis Bheag, ag amas air clann aois 5-7, air a bhith aig 20 Fèis mar tha air a' bhliadhna seo.	
BnG7	Thèid panto Gàidhlig air chuairt a' tadhal air co-dhiù sia sgìrean ro 31.03.17	
	Bidh am panto a' tadhail air sgoiltean is coimhearsnachdan air feadh Alba eadar 28 Samhain gu 9 Dùbhlachd. 'S e Hansel is Gretel an sgeulachd a bhios aig na cleasaichean 's thug mi taic dha Aonghas is Eilidh le dealbahdh postair agus a' chuairt a dhealbhadh.	
BnG10	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Faic AC11	
BnG12	40 consairt Bhlas aig Blas 2016, agus pròg ram sgoiltean is coimhearsnachd mar phàirt den fhèis, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirt ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.	
	Faic AC19	
BnG13	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig. Luchd-ciùil/luchd-ealain air am brosnachadh gu bhith cleachdadh an cuid Gàidhlig aig an fhèis.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG14	Coimisean ùr mar phàirt de Bhlas 2016, a thèid a thaisbeanadh co-dhiù 4 tursan aig an fhèis	
	Faic AC5	
BnG15	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a' gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	Chaidh seo a dhèanamh	
BnG17	Na amas gun gabh 16 sgoilear àrd-sgoile pàirt ann an tachartas còmhnaidheach aig Taighean-tughaidh nan Gearrannan ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2017.	
	Thèid an ath 5 Latha a chumail eadar 10-14 Giblean 2017.	
BnG19	Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg	
	Chaidh aithisg ràitheal air adhart chun a' Bhòrd san Lùnastal.	
BnG20	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	Chaidh an aithisg agus cunntas ràitheil air adhart don Bhòrd sa Lùnastal.	
BnG21	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris a' chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	Chuir mi seo air adhart don Bhòrd	
BnG23	Brathan-naidheachd le ceangal ri Bòrd na Gàidhlig air an sealltainn don Bhòrd mus tèid an sgaoileadh, mar as iomchaidh, le cothrom aig a' Bhòrd fiosrachadh/briathran a chur riutha.	
	Thathas a dèanamh seo.	
BnG24	Gheibh Bòrd na Gàidhlig sanas tarsainn làn-dhuilleig san leabhran air-loidhne aig Blas mar phàirt den aonta seo.	
	Tha suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig a nochdadh air làrach na Fèise agus fiosrachadh mun taic a thathas a' fhaighinn bhon Bhòrd anns gach brath-naidheachd a thathas a sgaoileadh. Chaidh co-dhunadh a dhèanamh nach biodh program air loidhne againn am bliadhna leis nach robh na figearan a bha coimhead ris air na bliadhnaichean a dh' fhalbh ro àrd idir. Tha ceangal dìreach gu làrach a' Bhùird ann an Earran sonraichte dhaibhsan a tha maoineachadh na Fèise.	

Builean Comhairle na Gàidhealtachd	
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.
Builean Comhairle nan Eilean Siar	
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid	
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.

AINM	**ANNA WILLOUGHBY**			
DREUCHD	**MANAIDSEAR GNÌOMHA**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Tha £37,000 anns a'Mhaoin Leasachadh nam Fèisean airson pròiseactan airson bliadhna 2016/17. Fhuair Fèis Spè £27,833 airson tuarastal oifigear leasachaidh làn-thìde. Tha £13,916.50 air a'phàigheadh a-mach. Fhuair Fèis a'Bhaile £750 agus Fèis an Tairbeart £500 airs a chiad Fèis aca agus £250 airson bùthan-obrach.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Chaidh £27,833 a thabhann do dh'Fhèis Spè am-bliadhna gus taic a chumail ri dreuchd Oifigear Leasachaidh a chuidicheas le bhith toirt pròg ram obrach aonaichte gu buil.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Chaidh £239,652.00 a thabhann do 43 Fèisean tron Sgeama Thabhartasan agus tha fiosrachadh aig na Fèisean air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh agus feuch gun urrainn dhaibh gluasad thar ùine gu bhith pàigheadh thuarastalan aig na h-ìrean sin. Tha £102,005 air a dol a-mach gu Fèisean an dràsta.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Obair leantainneach aig Sandy Gray le sgrùdaidhean ùraichte gach 3 bliadhna fon sgeama ùr PVG. Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Tha seo à' dol air adhart mar iarrtas. Tha cosgaisean air à' dhol suas airson teisteanas ùr gu £59.00 agus airson teisteanas ùrachadh gu £18.00. Tha sin cumail sùil air cosgaisean bho àm gu àm.	
AC10	A' toirt taic ionmhasail seachad gus dèanamh cinnteach gum bi cothrom aig daoine, le feumalachdan taice a bharrachd, air tachartasan	
	Gheibh Fèisean maoineachadh a bharrachd airson luchd-cùraim agus/no tuilleadh oidean nuair a tha iad sin a dhìth gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga le feumalachdan taice a bharrachd cothrom air teagasg is tachartasan. Fhuaras iarrtas airson taic bho Fèis na h-Oige airson £420 airson luchd-taic a bharrachd airson clasaichean agus 1-1 aig àm nam Fèis.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	

	Tha Fèisean nan Gàidheal a' stiùireadh na maoine, Tasgadh, le airgead a bharrachd luach £35,000 a fhuair sinn bho Alba Chruthachail, agus thèid £31,500 de sin a sgaoileadh mar thabhartasan. Bha a' chiad de na trì cinn-latha airson an sgeama ann an 2016-17 ann air 24 Òg-mhios 2016 agus chaidh £9,175 a thairgse airson 15 pròiseactan. Thàinig an ath ceann latha eile suas air 30 Sultain 2016 agus chaidh £9,792 a thairgse airson 19 pròiseactan. Tha an ath fhear air 03 Gearran 2017.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Chaidh £18,870 a thabhann do dh'Fhèisean gus luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh, sin mar 1.5 dreuchdan Ionann ri Làn-thìde (ILT), mar pairt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC22	A' cruthachadh phoileasaidhean, a bu chòir na Fèisean uile a ghabhail òs làimh, a nì cinnteach gum bi cùisean air an cur air dòigh gu ceart agus gun tèid tachartasan ealain sàr mhath a chumail	
	Tha Fèisean nan Gàidheal a' cumail orra a' cruthachadh, ag ath-dheasachadh agus a' lìbhrigeadh caochladh phoileasaidhean, agus faodaidh Fèisean fa leth a' mhòrchuid dhiubh a ghabhail òs làimh iad fhèin.	
AC23	A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain	
	Bidh gach Fèis a' faighinn àrachas mar phàirt den bhallrachd aca agus tha seo air sgrùdadh agus ùrachadh anns An Gearran a bliadhna mar 's abhaist.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Gheibh luchd-eagrachaidh nam Fèisean cothrom air trèanadh nuair a tha sin a dhìth. Uaireannan bidh buidhnean eile ga chur air dòigh. Aig amannan eile, 's e trèanadh a dh'aona-ghnothach a bhios ann a chuireas Fèisean nan Gàidheal air dòigh mar an co-labhairt anns air 23/24 An t-Sultain. Tha 37 luchd-eagrachaidh air a bhith faighinn 18 seisean trèanaidh.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Tha Luchd-obrach air trèanadh a'dhèanamh ann an Ciad-cobhar, Sgeama-tabhartasan, Photoshop, Duaisean Ealan, Togail Airgid agus bha trèanadh Gàidhlig air a chuir air doigh anns An t-Sultain agus an t-Samhain 2016. Bha Rowan aig cùrsa Gàidhlig tri làithean anns an t-Samhain a bha Comhairle nan Leabhraichean a'ruith.	
AC26	A' dol an sàs ann an obair chom-pàirteach gus tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine òga adhartas a dhèanamh	
	Rinn sin trèanadh gus an urrainn do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal stiùireadh a thoirt do dhaoine òga fhad 's a tha iad ag obair gus Duaisean Ealain a chosnadh. Thathar an dòchas gun dèan muinntir nan Cèilidhean air Chuairt obair am-bliadhna feuch am bi iad airidh air duaisean. Bha Diane Bruce air ScotGrad placement fad an t-shàmhraidh. Bha 53 daoine oga anns na Cèilidhean air Chuairt aig 50 seasanan trèanaidh aig Fèis Alba anns Am Phloc.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh	
	Bidh sinn a' toirt taic do na Fèisean le eadar-theangachaidhean, trèanadh agus gus stuthan sanasachd dà-chànanach a dhèanamh nuair a tha sin a dhìth, agus bidh an Sgioba-G a' cur tachartasan Gàidhlig air dòigh dhaibh.	
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh	
	Bidh 8 Cèilidhean air Chuairt ann an 2016-17 a faighinn £55,000 taic-airgid bho Fhèisean nan Gàidheal, a' gabhail a-steach tè ùr ann an Inbhir Narainn. Tha £54,600 air a dol a-mach thuca. Tha 3 Cèilidhean air Chuairt taobh a-staigh Fèis Rois cuideachd.	
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Chaidh Blas a chumail eadar 2 is 10 Sultain 2016. Tha uallach orm airson smachd a chumail air an airgid agus siostaman ionmhais air fad aig Blas. Bha mi mach mar neach-làthair aig Fèis Bhlas anns An Gearasdan, Port-Rìgh, Gleann Eilg, Am Ploc agus an Ath Leathainn. Bha mi aig an oidhche mo dheireadh ann an Eden Court cuideachd.	
AC31	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt cothrom a bhi aig Blas am bliadhna comhla ri comhlain chiùil bho thall	

	thairis.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean	
	Bha bùth-obrach trèanaidh anns san Lùnastal 2015 airson oidean aig Iomairt Chiùil na h-Òigridh. Chaidh trèanadh air adhart anns An Gearran 2016 airson luchd-teagaisg nam Fèisean. Bha trèanadh seo a coimhead air sgilean mar dìon chloinne, dòighean agus goireasan teagaisg agus a'deiligeadh ri diofar ìrean anns an clas. Tha rannsachadh a dol air adhart an dràsta airson trèanadh luchd-teagaisg an ath bhliadhna.	
AC35	A' toirt sgilean do dhaoine òga a thaobh a bhith a' cruinneachadh stuthan, gan cur ann an cruth didseatach agus gan sgrìobhadh sìos	
	Fhuair sinn crìoch a chur air a' phròiseact Fuaran, a fhuair taic bho Mhaoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta, ro dheireadh am Màirt, agus bidh na daoine òga an sàs sa phròiseact sin air na sgilean sin ionnsachadh. Gheibhear fiosrachadh air a phròiseact aig www.feisean.org/fuaran	
AC39	Clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta ann an sgoiltean tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh agus pròg raman eile	
	Tha na clasaichean ann an Ceòl Traidiseanta anns gach sgoil ann an Roinn na Gàidhealtachd a leanntain agus gheibh sin £219,511 bho Comhairle na Gàidhealtachd. Tha clasaichean a leanntain ann an Siorrachd Rinn Friù.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
AC43	Tòisichidh sinn a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri co-ionannachd ann an 2015	
	Tha sinn a'dèiligeadh ri cùisean ceangailte ri co-ionannachd agus tha mi air an leabhar-làimhe ùrachadh a toirt a-staigh atharraichean bliadhnail bho Equalities Act 2010.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
	Thòisich luchd-obrach is Buill a' Bhùird a' clàradh sgaoilidhean carbon bho 1 Giblean 2015. Tha sin a toiseachadh air clàradh sgaoilidhean carbon bhon an luchd-teagasg bho 1 Giblean 2016.	
AC46	A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math	
	Bidh sinn a' cur tòrr thachartasan air dòigh aig Fèis Blas ann an sgìrean ionadail, agus sin a'ciallachadh nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gu bailtean nas motha airson tachartasan ealain. Tha sin a moladh daoine a bhi roinnte charbaid.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC50	A' cruinneachadh òrain dhualchasach Ghàidhlig agus gan cur ann an cruth didseatach	
	Tha am pròiseact Fuaran air tighinn gu crìoch san Màrt 2016, agus tha na h-òrain a chaidh a chlàradh rim faotainn aig www.feisean.org/fuaran	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Chaidh Fèisean ùra a stèidheachadh an uiridh san Apainn, Pàislig, Dùn Phris agus An Tàirbeart agus gheibh iad taic bhon sgeama tabhartasan againn.	
InG11	Pròg raman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faicibh AC24 gu h-àrd	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a	

	ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faicibh AC25 gu h-àrd, tha 540 neach air pairt a ghabhail ann 106 seiseanan trèanaidh.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faicibh AC28 gu h-àrd.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faicibh AC29 gu h-àrd	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Fhuair Cèilidhean air Chuairt a bhith aig tachartasan Fèis Blas.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faicibh AC31 gu h-àrd.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha an obair seo a' leantainn far a bheil co-obrachadh cunbhalach a' dol eadar oifigearan nan iomairtean agus Oifigearan Leasachaidh nam Fèisean. Bidh luchd-obrach a' clàradh na h-ùine a bhios iad a' cur seachad ag obair leis na h-Iomairtean agus cosg.	
BnG2	Cothrom air 'Cofaidh is Còmhradh' gach seachdain ann an oifisean Fèisean nan Gàidheal ann am Port Rìgh	
	Chan eil seo ach sàmhach an-dràsta ach chaidh rannsachadh a'dhèanamh agus cha robh iaartais ann air a shon an-dràsta. Cumaidh sin sùil air agus tha dùil gun tòisichidh e a-rithist nas fhaide air adhart.	
BnG3	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh airson sgilean cànain do luchd-obrach ro 31.03.16	
	Chaidh seisean trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach a chur air dòigh le Iain MacIllechiar anns an t-Samhain. Tha 3 seiseanan Gràmar trèanadh air a dol air adhart am bliadhna, 24 Sultain agus 07/08 Samhain.	
BnG4	Co-dhiù 4 seiseanan trèanaidh eile do luchd-obrach ro 31.03.17	
	Faicibh AC25 gu h-àrd	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Thathar a cumail taice a thoirt do 44 Fèisean ann an 2016-17 le tabhartasan, àrachas, ionnsramaidean ciùl agus sgilean Gàidhlig.	
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Bidh Fèisean nan Gàidheal a' dèanamh obair aig ìre luchd-obrach agus a' Bhùird sa Ghàidhlig agus thèid conaltradh a dhèanamh le Fèisean ionadail tron Ghàidhlig. Nì sinn cinnteach gum bi Fèisean a' cumail ris na pàirtean den Phoileasaidh Ghàidhlig a bhuineas riutha agus tha Plana Gàidhlig aca uile tha iad a leanntain.	
BnG22	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	Tha Cunntasan Riaghlaidh air an dearbhadh le luchd-sgrùdaidh bhon taobh a-muigh mar phàirt den aithisg seo agus tha mi dèanamh cinnteach gu bheil seo a tachairt ann an deagh àm.	
BnG23	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris a' chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	Fhuair Bòrd na Gàidhlig a h-uile pàipear bho choinneamhan a' Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal agus tha an clàr chunnartasan air ùrachadh a h-uile bliadhna anns An Ceitean airson coinneamh a'Bhùird.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
	Thèid taic a chumail ri 19 Fèisean ann an Roinn na Gàidhealtachd ann an 2016-17. Tha Fèisean nan Gàidheal air £117,032.00 a chomharrachadh airson Fèisean air a' Ghàidhealtachd ann an 2016-17, a' gabhail a-steach an £22,100 a fhuaras bho Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar a' cosg an còrr der tabhartas air cosgaisean ar n-obrach agus mar phàirt dhe sin cosgaisean an dithis Oifigear Leasachaidh stèidhichte air a' Ghàidhealtachd.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1	
	Chaidh maoineachadh luach £42,714 a thabhann do dh'Fhèisean sna h-Eileanan Siar, a' gabhail a-staigh	

	an £9,900 bho Chomhairle nan Eilean Siar, a rèir an Aonta Mhaoineachaidh tha sin sùileachadh. Thèid an £2,900 a tha air fhàgail a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde a bhith ann airson nan Eilean Siar.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1	
	Chaidh maoineachadh luach £28,453.50 a thabhann do dh'Fhèisean Earra-Ghàidheal is Bhòid a' gabhail a-staigh an £9,500 bhon Chomhairle. Thèid an £11,000 a chosg mu choinneimh nan cosgaisean airson Oifigear Leasachaidh nam Fèisean làn-thìde. Tha £12,000 mo choinneimh Blas bho Earra-Ghàidheal is Bhòid airson tachartasan anns an sgìre.	

AINM	**Eilidh NicCoinnich**				
DREUCHD	**Manaidsear Fèisgoil**				
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**	
Àir.					**Raon sa Phlana Pròghraim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan					
AC3	Chaidh Blasad Gàidhlig a' leasachadh tron ràith seo – gu h-àraidh anns na tràth bhliadhnaichean ach fhathast ag obair leis na clasaichean nas sine sa bhun-sgoil.				
AC4	Tha sia òrain Ghàidhlig ùra againn air a sgrìobhadh leam fhèin airson na seiseanan Blasad Gàidhlig.				
AC5	Sgrìobh Aonghas MacLèoid, Oifigear Dràma aig FnG, scriobt a' phanto am-bliadhna – Hansel & Gretel agus Fèill Mhòr na Fuine.				
AC6	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.				
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail					
AC9	A' bruidhinn ri Sandy Gray nuair a bhios oidean ùra ag obair còmhla rinn.				
AC11	Thòisich turas Meanbh Chuileag anns an ràithe ron tè seo is chrìochnaidh iad san t-Samhain. Bha iad air thuras rè sia seachdainean air feadh na dùthcha agus lìbhrig Beth Frieden agus Catriona NicNeacail leth-cheud taisbeanadh le 1,554 sgoilearan nan lùib. Bha tè à Alba is tè a Syria nan caractaran anns an dealbh chluich *Le Meas* is fhuair sinn fios bho cuid de na sgoiltean gun do chòrd an dealbh chluich ris na sgoilearan is luchd teagaisg.				
AC12	'S dòcha gum bi cuid de na geamannan/òrain a tha sinn a' cleachdadh anns na seiseanan Blasad Gàidhlig freagarrach airson Sgioba G aig na fèisean.				
AC13	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo airson barrachd fiosrachaidh mu Hùb-Hàb. A bharrachd air seo tha na seiseanan Blasad Gàidhlig a' lìbhrigeadh cànain is faclan tro na h-òrain, geamannan, sgeulachdan is pupaid sònraichte againn, Muncaidh.				
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh					
AC19	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.				
AC20	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.				
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile					

AC25	Tha mi fhìn is Karen Oakley a' frithealadh cùrsa oidhche airson sia seachdainean – *An Introduction to Adobe*. A bharrachd air sin ghabh mi pàirt anns an seisean gràmair a rinn Iain MacIllechiar dhuinn agus bidh Calum Alex a' toirt taic dhomhsa is do Karen is Rowan le Excel.	
AC26	Tha ceathrar a-nise a' libhrigeadh seiseanan Blasad Gàidhlig agus chaidh sinn a-mach às an rathad an aon-ghnothach airson oileanaich òga a thrusadh.	
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal		
AC27	Tha mi a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn dhomh is tha earrann anns na cùmhnantan Fèisgoil mu chudromachd cleachdadh na Gàidhlig a-measg oidean a tha sinn a' fastadh.	
AC29	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
AC30	Thug mi cothrom do thriùir seinneadairean Gàidhlig, Ellen NicDhòmhnaill, Eilidh NicCarmaig agus Ceitlin Nic a' Ghobhainn, a bhith a' cluich còmhla ris an neach-ciùil òg, Innes White, ann an consart sònraichte aig Blas. Tha iad a-nise air cuireadh fhaighinn pairt a' gabhail san fhèis Celtic Connections.	
AC32	The feum agamsa air barrachd obrachd a dhèanamh leis na meadhanan didisiteach aig FnG.	
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte **Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.**		
AC33	Bha dà sheisean trèanaidh againn airson luchd-oidean ùra Blasad Gàidhlig. Thachair cuid dheth ann an t-Sultain còmhla riumsa far an robh mi a' bruidhinn mu dheidhinn dìon chlionne, òrain ùra freagarrach, geamannan, clàr ama nan seiseanan fhèin agus obair rianachd, gu h-àraidh foirm chosgaisean FnG. Bha Linda NicLeòid a' lìbhrigeadh an dàrna sheisean dhuinn ag obair air goireasan freagarrach airson diofar ìrean san sgoiltean. Tha sinn a' fastadh cuideigin airson cùrsa trèanaidh ùr a chur ri chèile airson oidean ag obair aig diofar ìrean is bha mi an lùib nan còmhraidhean mu dheidhinn sin.	
AC34	Faicibh AC33.	
AC36	A bharrachd air na h-oidean airson Blasad Gàidhlig, tha feadhainn òga ag obair còmhla rinn air Meanbh Chuileag is am Panto a' faighinn sgilean drama is taic bho chleasaiche le barrachd eòlais agus an oifigear dràma againn, Aonghas MacLèoid.	
AC38	A' sanasachd Fèisgoil tro dhràma – tursan Meanbh Chuileag agus Panto. A' sanasachd Fèisgoil tro chèol – Iomairt Chiùil na h-Òigridh, MEPG agus TMF A' sanasachd Fèisgoil tro chànan – Blasad Gàidhlig – a' cleachdadh gach seòrsa ealain - sgeulachdan, òrain, geamannan mar sin air adhart. Bha sinn a' tadhal air 3 sgoiltean an-uiridh agus a-nis tha sin nag obair ann an 7 sgoiltean ann an sgìre na h-Eaglaise Brice. Tha ùidh aig comhairlichean Dhùn Èideann, Earra Ghàidheal is Boid agus Lannraig a Tuath ann am Blasad Gàidhlig. Aig deireadh an t-Sultain chaidh mi-fhìn is Aonghas MacLèoid gu Acadamaidh Dhòrnaich airson Latha Gàidhlig mar phàirt de Latha Eòrpach nan Cànanan. Rinn Linda NicLèoid dà sheisean Gàidhlig airson nan Cruinneachaidhean Nàiseanta.	
AC39	Tha na clasaichean ann an ceòl traidiseanta tro Iomairt Chiùil na h-Òigridh a' tachairt ann an iomadh sgìre (Rois, Cataibh, An t-Eilean Sgitheanach agus Loch Aillse, Inbhir Narainn, Loch Abar, Baideanach agus Rinn Friù)	
AC40	Tha sinn a' lìbhrigeadh chlasaichean Blasad Gàidhlig ann an 7 sgoiltean/sgoiltean-àraich ann an sgìre na h-Eaglaise Brice agus a' leasachadh chlasaichean eile airson tòiseachadh sa	

	bhliadhn' ùire ann an Dùn Èideann, Lannraig a Tuath agus Earra Ghaidheal is Boid.	
AC41	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
AC42	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
Co-ionannachd is Iomadachd: Tha e na amas dhuinn gum bi co-ionannachd is iomadachd aig cridhe gach nì a nì sinn, agus bheir sinn barrachd chothroman do dhaoine bho dhiofar dhualchais is cinnidhean, bho dhiofar choimhearsnachdan agus de gach aois air na h-ealain agus cultar agus thig tuilleadh chothroman an lùib sin		
CS44	A' leantainn ris a' phlana againn.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	Gach latha bidh mi fhathast a' stiùireadh an car dealain agam dhan oifis is air ais.	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	Bidh mi a' cleachdadh ar làrach-lìn, a' sgriobhadh aithisgean goirid air pròiseactan Fèisgoil, ach dràma, airson *Faileas* is a' cur naidheachdan air Facebook.	
AC48	Tha mi ag obair còmhla ri MEPG air òrain traidiseanta Ghàidhlig a chruinneachadh airson goireas ùr aig Foghlam Alba - *Learning to Sing, Singing to Learn* - agus ag obair còmhla riutha air Frèam Obrach Nàiseanta airson Foghlaim Ciùil.	
AC49	Tha mi creidsinn gum bi na h-òrain ann an AC48 ann an cruth clàr diditseach.	
AC50	Faicibh AC49.	
AC51	Faicibh AC47.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG1	Faicibh AC38.	
InG2	Faicibh AC13.	
InG3	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
InG4	Tha an luchd teagaisg cunbhalach ann an sgoiltean na h-Eaglaise Breac a' faighinn cothrom beagan Gàidhlig ionnsachadh còmhla ris na sgoilearan sna clasaichean aca.	
InG6	Faicibh AC40 agus AC38 co-cheangailte ri Acadamaidh Dhòrnaich.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG11	Bha mi an dùil gum bithinn a' gabhail pàirt ann an latha trèanaidh dìon chloinne ach cha do thachair e air sgàth 's gun robh an tè a bha gu bhith ga lìbhrigeadh bochd.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan/obraichean do dh'òigridh		
InG12	Faicibh AC36.	
InG13	Tha sinn a' fastadh Iain F MacLèod airson cùrsa trèanaidh a dhèanamh do dh'oidean òga (agus fheadhainn eile).	
InG15	Faic AC25 & AC26.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG17	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	

InG18	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
InG19	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
InG20	Faicibh AC30.	
InG21	Faicibh AC30.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG3	Ghabh mi pàirt ann an dà sheisean trèanaidh airson sgilean cànain as adhartais – aonan ann an Inbhir Nis còmhla ri Iain MacIllechiar is aonan ann am Port Rìgh (31/11/16)	
BnG4	Tha mi-fhìn is Karen a' dol gu cùrsa Adobe aig Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean (6 seachdainean) agus that seisean trèanaidh agam fhìn, Rowan is Karen ga lìbhrigeadh le Calum Ailig.	
BnG7	Tha Panto 2016 – *Hansel & Gretel agus Fèill Mhòr na Fuine* air chuairt eadar 28mh Samhain agus 9mh Dùbhlachd, a' toiseachadh ann an Obar Dheathain is a' crìochnachadh ann am Baile Dhubhthaich.	
BnG8	Fèis dràma Earra Ghàidheal is Loch Abar (37 bùithtean-obrach) agus taic le clasaichean dràma ann an Uibhist. TÒG (18 bùithtean-obrach)	
BnG9	San Dàmhair thàinig 4 buidhnean dràma òigridh àrd-sgoile còmhla – trì buidhnean far a' Ghàidhealtachd agus fear à Ghlaschu airson a' chiad uair. Bha Oifigear Dràma FnG na lùib (18 buithean obrach aige còmhla ris a chloinn agus dà latha slàn aig Cuirt Eden)	
BnG10	Chaidh Meanbh Chuileag air chuairt le dràma Gàidhlig, *Le Meas*, air feadh na dùthcha thairis air 6 seachdainean.	
BnG11	Rinn Ariel Killick seo aig àm Bhlas.	
BnG12	Faicibh an aithisg ràitheil ron tè seo.	
BnG14	Fhuair Màiri Ann NicUalraig agus Nick Turner an coimisean am-bliadhna.	
BnG15	Chaidh seo air adhart mar bu chòir.	
BnG16	Ghabh 10 duine aois 13 gu 18 pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma ann an 2016	
BnG18	Tha mi a' feuchainn ris a' Ghàidhlig a chleachdadh cho tric 's as urrainn dhomh san oifis.	

AINM	**MOREEN PRINGLE**			
DREUCHD	**OIFIGEAR GHNOTHAICHEAN**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail**		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	

	Ag obair air Sgeama Tabhartasan nam Fèisean tha mi a cuir thabhartasan a-mach gu Fèisean airson na Priomh Fèisean, Clasaichean agus Uairean-Rianachd aca.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Leantainneach agus air a dheagh chleachdadh fad an t-shiubhal aig na Fèisean. Tha iad ag iarraidh ionnsramaidean diofaraichte airson clasaichean ùra a tha iad a' tòiseachadh. Chaidh ionnsramaidean a-mach gu Fèis Spè, Fèis a Bhaile, Fèis Chataibh, Fèis Obar Dheathain, Fèis Latharna agus Bun Sgoil Onthank.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Feumaidh gach Fèis liosta luchd-teagaisg a chur a-steach mus fhaigh iad tabhartas. Thèid iad sin a sgrùdadh feuch a bheil aithisg sgrùdaichte aca uile. Rinn mi mòran obair ag ùrachadh an stòr-dàta agus tha seo leantainneach.	
AC15	Ma bhios maoineachadh ann, stiùiridh sinn Sgeama Thabhartasan Beaga airson nan Ealain Traidiseanta	
	S e stòras a th' ann an Tasgadh maoinichte le Alba Chruthachail, air a riaghladh le Fèisean nan Gàidheal agus fosgailte do bhuidhnean agus daoine fa leth. Bha an ath cheann-latha 30 an t-Sultain 2016. Fhuair sinn 19 iarrtas agus chaidh taic aontachadh do 14 tagraiche. Tha an ath cheann-latha 3 an Gearran 2017.	
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.		
AC45	A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)	
BnG9	Às dèidh nan còmhraidhean sin, bidh e na amas cuairt fad seachdain a chur air dòigh airson clann aois 3-7, a bhios a' tabhann seiseanan dràma is ciùil do sgoiltean-àraich (co-dhiù deich buidhnean) ro 31.03.16	
	/	
BnG10	80 bùth-obrach dràma Ghàidhlig a lìbhrigeadh ann an coimhearsnachdan air feadh Alba ro 31.03.16	
	/	
BnG11	Thèid co-dhiù 3 buidhnean dràma òigridh airson clann àrd-sgoile a stèidheachadh ann an co-bhuinn ri buidheann eile ro 31.03.16. Tha ceangal aig seo ri cùmhnant com-pàirteach a th' againn le Eden Court mar phàirt den Lìonra Dràma.	
	/	
BnG12	Cuairt le dràma Ghàidhlig a mhaireas 6 seachdainean timcheall sgoiltean Gàidhlig ro 31.03.16	
	/	
BnG13	Cuairt a mhaireas dà sheachdain le dealbh-chluiche dà-chànanach airson sgoiltean a tha tabhann GLPS no far an robh oidean Fèisgoil a' teagasg, ro 31.03.2016	
	/	
BnG14	40 consairt Bhlas aig Blas 2015, agus pròg ram sgoiltean is coimhearsnachd mar phàirt den fhèis, air an lìbhrigeadh ann an com-pàirt ri buidhnean eile agus far am bi Gàidhlig na prìomh chànan air an àrd-ùrlar.	
	/	
BnG15	Consairtean air an lìbhrigeadh gu dà-chànanach le cuideigin a tha fileanta sa Ghàidhlig. Luchd-ciùil/luchd-ealain air am brosnachadh gu bhith cleachdadh an cuid Gàidhlig aig an fhèis.	
	/	
BnG16	Coimisean ùr mar phàirt de Bhlas 2015, a thèid a thaisbeanadh co-dhiù 4 tursan aig an fhèis	
	/	
BnG17	Bidh am fiosrachadh is stuthan sanasachd uile san dà chànan mar phàirt chudromach den fhèis, a' gabhail a-steach Fear no Bean an Taighe le Gàidhlig aig gach tachartas.	
	/	
BnG18	Na amas gum bi 15 duine aois 14-18 a' gabhail pàirt ann an Sgoil Shamhraidh Dràma ann an 2015	
	/	
BnG19	Na amas gun gabh 16 sgoilear àrd-sgoile pàirt ann an tachartas còmhnaidheach aig Taighean-tughaidh nan Gearrannan ann an Leòdhas aig àm na Càisge 2016.	
	/	
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.	
	Faicibh CS27.	
BnG21	Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg	
	/	
BnG22	Aithisg ràitheil air an t-suidheachadh ionmhasail aig Fèisean nan Gàidheal aig an àm	
	/	
BnG23	Clàr chunnartan ri thoirt do Bhòrd na Gàidhlig aig toiseach na bliadhna agus bheirear lethbhreac de phàipearan do Bhòrd na Gàidhlig le fiosrachadh ùr, iomchaidh a bhuineas ris	

	a’ chlàr chunnartan a bhios air a thoirt seachad aig coinneamhan a’ Bhùird aig Fèisean nan Gàidheal.	
	/	
BnG24	Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.	
	Bidh mi a’ dèanamh cinnteach gun bheil suaicheantas a’ Bhùird air a h-uile pìos sanasachd aig na fèisean agam.	
BnG25	Brathan-naidheachd le ceangal ri Bòrd na Gàidhlig air an sealltainn don Bhòrd mus tèid an sgaoileadh, mar as iomchaidh, le cothrom aig a’ Bhòrd fiosrachadh/briathran a chur riutha.	
	/	
BnG26	Gheibh Bòrd na Gàidhlig sanas tarsainn làn-dhuilleig san leabhran air-loidhne aig Blas mar phàirt den aonta seo.	
	/	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a’ feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a’ feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		
CEB1	Fhathast a’ feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	

AINM	**SHONA NIC A’ MHAOILEIN**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH NAN EILEAN SIAR**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A’ Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A’ Tarraing Luchd-èisteachd is a’ Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana Pròg raim**
AC8	**A’ toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil**	
	Gach bliadhna, ro thoiseach nam Fèisean, bidh mi ag iarraidh air gach Fèis fios a chur thugam air feumalachdan a thaobh ionnstramaidean a bhios a dhìth orra. Bidh mi a’ cur giùlan air dòigh eadar Moreen anns an t-Eilean Sgitheanach agus companaidh leithid Heb Haulage no DR Macleod airson na h-ionnstramaidean a chur chun na Fèisean ann an tìde gu leòr mus tòisich iad, agus bidh mi a’ dèanamh cinnteach gun gluais iad eadar na Fèisean thar an t-samhraidh agus gun till mi gu Moreen iad nuair a tha na Fèisean anns na h-Eileanan Siar deiseil leotha. Bidh mi ag obair còmhla ri Moreen gus dèanamh cinnteach gu bheil na h-ionnstramaidean anns na bucais ceart agus glè thric chan eil seo furasta oir bidh na Fèisean a’ cleachdadh ionnstramaidean bho dhiofar àitean. Bidh Fèis Tìr a’ Mhurain a’ cleachdadh clàrsaich airson seiseanan ciùil aon thuras gach dà no trì mhìosan.	
AC9	**A’ stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon**	
	Feumaidh gach neach a tha gu bhith a’ teagasg aig Fèis a dhol tro sgrùdadh PVG, agus bidh mi a’ dèanamh cinnteach gun tèid seo a dhèanamh le bhith ga chur ann an cuimhne nam Fèisean gu tric agus ag iarraidh orra liosta den luchd-teagaisg a chur thugainn co-dhiù 6 seachdain ro thoiseach na Fèise. Bheir seo cothrom dhuinn na foirmichean iomchaidh a chur thuca agus am faighinn air ais gu sgiobalta. A-nise ‘s gu bheil daoine ùr a’ tighinn air comataidhean aig coinneamhan bhliadhnail agus gu bheil na Fèisean a’ fastadh luchd-teagaisg ùr airson na clasaichean leantainneach aca, bidh mi a’ cur am fiosrachadh aca gu Sandy cho luath ‘s a tha e agam. Aig an ìre seo den bhliadhna tha sinn air tòiseachadh a’ lìonadh a-steach foirm tabhartais nam Fèisean agus feumaidh sinn ainmean gach neach comataidh fhaighinn gus foirmichean iomchaidh a chur thuca.	
`oi	**A’ cumail a’ toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail**	
	Bidh mi a’ dèanamh mo dhìcheall a bhith an làthair aig consairtean Fèisean, agus bidh mi gan cuideachadh le bhith gan lìbhrigeadh aig deireadh na seachdain. Ma bhios cuirmean aca taobh a-muigh na Fèise, bidh fios aca gu bheil e comasach dhomh fhèin a lìbhrigeadh mar bhean an taighe, agus tha iad cofhurtail gu leòr le bhith ag iarraidh orm seo a dhèanamh. Bidh mi a’ cuideachadh le sanasachd le	

	postairean, facebook, duilleag Fèisean nan Gàidheal agus msaa. Bidh mi a' cur fios chun na sgoiltean mar a tha iomchaidh. Bha mi aig tachartas còmhnaidh aig Fèis Taigh Dhonnchaidh anns an t-Sultain far an robh cuirm aca aig a' Chaisteal ann an Leòdhas. Tha mi cuideachd air seisean seinn a chur air dòigh ann an Steòrnabhagh leis an aon chruth ri 'Tac an Teine' ann an Inbhir Nis, agus thèid seo a chumail ann an Taigh-Òsta a' Chounty eadar 2-4f Disathairne 26 Samhain. Tha mi an dòchas gun tig daoine a-mach thuige oir 's e deagh bheachd a th' ann agus tha mi smaoineachadh gu bheil droch fheum againn air a leithid anns na h-Eileanan. A rèir 's cho soirbheachail 's a bhios seo, bidh mi ga chumail turas gach mios agus coimheadaidh mi an uairsin air fear a chur air dòigh anns na h-Uibhistean agus Barraigh.
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile	
AC21	**A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean**
	Tha 10 Fèisean anns an roinn agam fhìn: Fèis Taigh Dhonnchaidh Fèis an Earraich Fèis Eilean na Hearadh Fèis Tìr an Eòrna Fèis Bharraigh Fèis Tìr a' Mhurain Fèis Eilean an Fhraoich Fèis an Rubha Fèis Thròndairnis Fèis Ratharsair Bidh mi a' frithealadh choinneamhan gu cunbhalach mar a bhios feum aca orm, agus gan cuideachadh ag ullachadh airson na Fèisean aca. Bidh mi air làimh ma tha ceistean sam bith aca, agus bidh mi a' dèanamh mo dhìcheall a bhith gan cuideachadh le pròiseactan sònraichte sam bith a bhios fainear dhaibh. Ma tha e comasach dhomh, bidh mi an làthair aig na Fèisean aca cho fada 's a tha iad gam iarraidh. Aig an àm sa dhan bhliadhna, tha coinneamhan bhliadhnail gan cumail aig a' mhòr chuid dhe na Fèisean. Bha mi an làthair aig coinneamhan Fèis Tìr a' Mhurain, Fèis Eilean na Hearadh agus Fèis an Rubha, agus fhuair mi notaichean bhon choinneimh aig Fèis Tìr an Eòrna agus tha mi feitheamh air mionaidean bho choinneimh Fèis an Earraich, a chaidh a chumail air 22 Samhain. Tha Fèis Eilean na Hearadh air dithis às ùr fhaighinn air a' chomataidh agus tha iad air cuideigin eile fhaighinn anns na seachdainean a dh'fhalbh a bhios a' gabhail thairis mar rùnaire an dèidh greis. Tha iad trang ag ullachadh airson 25 bliadhna a chomharrachadh agus tha mi fhìn ag obair còmhla riutha gus seo a dhèanamh le bhith bruidhinn ri daoine a bhios a' cluich agus a' seinn aig consairt mòr a bhios aca. Tha Fèis Tìr a' Mhurain air cuideigin fhaighinn air a' chomataidh cuideachd, a tha air a bhith na neach-teagaisg aig an fhèis roimhe agus aig a bheil eòlas air cùisean. Chuir mi foirm-iarrtais a-steach gu maoin a' Cho-op dhaibh agus bha sinn soirbheachail – bidh iad a' faighinn 1/3 de 1% dhe na tha daoine a' cosg ann an Co-op ann an Creag Ghoraidh agus Dalabroig agus tha iad air an dòigh gu bheil còrr is £950 aca a-nis agus iad an dùil ri tòrr a bharrachd eadar seo 's a' Mhàrt. Lìon mi foirm dha Fèis Bharraigh cuideachd agus tha iadsan air suim airgid susbainteach fhaighinn a-mach às. Tha Fèis Taigh Dhonnchaidh am beachd seiseanan obair-buidhne a thòiseachadh airson cothrom a thoirt do òigridh Sgoil Lionail a bhith ann am buidhean ciùil. Tha iad airson buill den chòmhlan Faram fhaighinn airson taic a thoirt dhan òigridh le bhith cruthachadh ciùil agus seataichean airson beagan eòlais a thoirt dhaibh fhèin air a bhith teagasg. Tha mi an dùil coinneachadh riutha airson foirm-iarrtais maoineachaidh a sgeadachadh. Ann an cuid de na planaichean leasachaidh tha iad a-mach air a bhith ag obair le Fèisean eile agus tha mi airson seo a thoirt gu bith, le bhith coinneachadh leis na comataidhean agus a' tighinn gu aonta air planaichean san àm ri teachd.
AC23	**A' cur àrachas air dòigh gus am bi àrachas aig na Fèisean airson uallaichean poblach is airson gach taobh den obair aca leis na h-ealain**
	Tha teisteanas àrachais againn agus bidh mi a' sgaoileadh seo chun na Fèisean airson gach tachartas a

	bhios aca.
AC24	**Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta**
	Bidh mi a' faighinn a-mach bho gach Fèis mu dheidhinn na feumalachdan trèanaidh aca. Tha mi air dìon-chloinne a dhèanamh còmhla ri Fèis Tìr an Eòrna agus Fèis Tìr a' Mhurain agus tha mi air fios a chur a-mach chun na Fèisean eile feuch a bheil feum acasan air. Bidh mi a' sgaoileadh fiosrachadh mu dheidhinn cùrsaichean ciad cobhair anns na h-Eileanan Siar oir pàighidh Fèisean nan Gàidheal airson buill-comataidh a chur chun trèanadh. Leis gu bheil buill ùr a' nochdadh air na comataidhean leis gach coinneamh bhliadhnail, tha mi air seo a chur nan cuimhne a-rithist gus am bi cothrom aig gach neach a bhith air an trèanadh. Tha na planaichean leasachaidh ag innse dhomh cò a tha feumach air trèanadh sònraichte agus an dèidh dhuinn fhìn trèanadh dìon cloinne a dhèanamh gheibh mi air seo a lìbhrigeadh thuca. Chaidh mi fhìn air cùrsa ciad cobhair aig deireadh an t-Sultain agus air cùrsa eile san t-Sultain far an robh mi ag ionnsachadh mu dheidhinn a bhith a' togail airgid.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	**A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh**
	Bidh feum aig gach Fèis air poileasaidh Gàidhlig. Bidh mi a' coinneachadh ris na Fèisean airson poileasaidh Gàidhlig agus plana leasachaidh a dhealbhachadh agus bidh mi gam brosnachadh gus a bhith a' fastadh luchd-teagaisg a tha fileanta sa Ghàidhlig. Bidh cuid de na Fèisean a' tabhann chlasaichean còmhraidh don fheadhainn a tha ag ionnsachadh. Tha liosta de bhriathran feumail againn air làrach-lìn Fèisean nan Gàidheal airson luchd-teagaisg agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gum bi fios aig na comataidhean air seo. Cuideachd ma tha feum air daoine sa chomataidh air taic le Gàidhlig, tha fios aca gu bheil mi ann airson an cuideachadh. Am bliadhna, bha mi-fhìn a' libhrigeadh na seiseanan Gàidhlig airson an luchd-teagaisg aig Fèis Bharraigh.
AC28	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh**
	Tha mi an dùil beachdan fhaighinn air ceilidh air chuairt nan Eilean Siar bhon fheadhainn a tha air a bhith an sàs ann ach am faigh mi a-mach na tha iad a' saoilsinn dhe. Bidh sinn a' ruith seo a-rithist an ath-bhliadhn' agus anns na mìosan a tha ri thighinn bidh mi a' sgeadachadh postair agus foirm-iarrtais agus a' sanasachd ann an tuilleadh dhòighean na bha sinn an uiridh gus am faigh sinn barrachd iarrtasan air ais a-steach.
AC32	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**
	Bidh mi a' cur sgeulachdan agus deilbh ann an gach iris aig Faileas, ag innse do dhaoine air na tha air a bhith a' dol aig na Fèisean anns an sgìre agam. Bidh mi a' dèanamh 'share' air tachartasan air an duilleag Facebook aig Fèisean nan Gàidheal agus a' sgrìobhadh air an làrach-lìn againn, agus a' cur fios chun na sgoiltean agus chun na Fèisean agam ma tha cothroman a' nochdadh do dh'òigridh. Tha mi air sgioba rianachd cuid dhe na duilleagan Facebook aig na Fèisean agus mar sin gheibh mi fhìn air postairean agus brathan-naidheachd fhoillseachadh agus 'share' a dhèanamh air rudan a tha iad a' cur air dòigh.
Alba Chruthachail – Cuspairean Co-cheangailte	
Ionnsachadh cruthachail: Tha sinn airson a bhith nar buidheann ionnsachaidh agus feadhainn eile a bhrosnachadh gu bhith mar an ceudna. Tha cruaidh fheum air ionnsachadh ma tha ginealaichean ùra gu bhith uidheamaichte gus togail air na tha soirbheachadh an-diugh agus gus obair innleachdach ùr a chruthachadh iad fhèin.	
AC33	**Trèanadh cunbhalach ann an sgilean teagaisg do dh'oidean a leigeas leotha gluasad suas ìrean**
	Ag obair le Art, Calum Alex agus Eilidh aig FNG, chuir sinn tairgse a-mach airson cuideigin fhaighinn a chruthaicheas cùrsa dhuinn do luchd-teagasg a gheibh a lìbhrigeadh le diofar dhaoine ann an diofar àitean. Choinnich sinn ri David Francis, a tha ag obair aig TRACS, airson beachdan fhaighinn air mar a b' urrainn dhuinn obrachadh còmhla. Fhuair sinn dà thairgse air ais bho Iain Finlay MacLeòid agus Social Enterprise Academy agus an dèidh dhuinn beachdachadh air na bha iad a' gealltainn, bhruidhinn sinn riutha ann an coinneamhan-fòn gus ceistean a chur orra mun chùrsa a bha iad an dùil a dhealbhadh. Bruidhnidh sinn ris an tagraiche soirbheachail anns na seachdainean a tha ri thighinn a dh'innse dhaibh na tha sinn a' sùileachadh bhuapa anns a' chùrsa.
Àrainneachd: Is e atharrachadh gnàth-shìde aon de na dùbhlain as cudromaiche a th' againn an-diugh. Tha sinn airson dèanamh cinnteach gum bi sinn ag obair ann an dòigh cho seasmhach 's a ghabhas agus gum bi gnìomhachasan nan ealan, sgriona agus cruthachail ann an Alba a' dèanamh an nì cheudna.	
AC45	**A' clàradh Sgaoilidhean Carbon bho thòiseach Bliadhna 1 den Mhaoineachadh Chunbhalach (Giblean 2015)**
	Tha sinn air siostam ùr a chur air dòigh airson cosgaisean a ghlèidheadh far am feum sinn na mìltean a

	tha sinn air a dhèanamh a sgrìobhadh sìos ann an cruth ùr, agus tha seo a' cumail clàr de na sgaoilidhean carbon againn.	
AC46	**A' dèanamh cinnteach gu bheil tachartasan gu leòr a' tachairt ann an sgìrean ionadail feuch nach fheum daoine uiread siubhail a dhèanamh gus a dhol gu tachartas math**	
	Faic AC14	
Didseatach: Tha teicneòlas didseatach a' toirt dhuinn cothroman inntinneach a thaobh a bhith cruthachadh agus an lùib a' chomainn-shòisealta agus eaconamaidh na h-Alba		
AC47	**A' sgaoileadh naidheachdan tro ar làrach-lìn, na meadhanan agus le cuairt-litrichean didseatach gu cunbhalach**	
	Faic AC32	
AC51	**A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan**	
	Faic AC32	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG5	**Eadar-theangachaidhean Gàidhlig**	
	Bidh gach Fèis a' tighinn thugam le eadar-theangachaidhean sam bith a bhios a dhìth orra m.e. postairean, brathan-naidheachd, fiosrachadh mu choinneamhan bhliadhnail, foirmichean iarrtais, foirmichean measaidh agus msaa.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG11	**Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	**A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean**	
	Faic AC24 & AC33	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	**Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt**	
	Faic AC28	
InG19	**Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig**	
	Faic AC20 agus AC41	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG5	**Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.16**	
	Faic AC21	
BnG20	**A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.**	
	Faic AC27	
BnG21	**Aithisg ràitheil air mar a chaidh airgead Bhòrd na Gàidhlig a chosg**	
	Bidh sinn a' sgrìobhadh aithisgean ràitheil a bhios sinn a' cur gu Art MacCarmaig airson ar luchd-maoineachaidh, mar fhianais air an obair a bhios sinn a' dèanamh.	
BnG24	**Bheirear aithne iomchaidh don taic a fhuaras bho Bhòrd na Gàidhlig an lùib gach pròiseict, le fianais air sin gach ràith.**	
	Thèid aithisg a sgrìobhadh mu phròiseactan anns an robh BnG an sàs agus thèid an aithneachadh gu iomchaidh air postairean, brathan naidheachd, foirmichean iarrtais agus stuthan sam bith eile, le suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig air gach fear.	
Builean Comhairle na Gàidhealtachd		
CnG1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle nan Eilean Siar		
CnES1	Fhathast a' feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.	
Builean Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid		

CEB1	Fhathast a’ feitheamh ri Aonta Ìre Seirbheis air deireadh R1.

AINM	ROWAN NICPHEADRAIS			
DREUCHD	OIFIGEAR LEASACHAIDH			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	A’ Leasachadh Sgilean is Thàlantan	Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail	A’ Tarraing Luchd-èisteachd is a’ Leudachadh nan Àireamhan aca	Riaghladh is Luchd-obrach

Àir.		Raon sa Phlana Pròg raim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A’ toirt aithne do is a’ cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Air an 17mh den t-Sultain chaidh fèis ùra a cumail, Fèis an Taibeirt, a fhuair beagan airgead bho Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean gus an tachartas aca a chur air dòigh.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Tha mi ag obair gu dlùth ri na fèisean leis a tha mi toirt taic gus program pàillt a chumail a’ dol fad na bliadhna. Tron t-Sàmhraidh, thug mi cuideachadh do iomadh fèis leis na tachartasan aca agus tha mi a-nis a’ lorg maoineachadh dhaibh a dhearbhadh gun tèid na pròg raman aca a’ dol. Tha mi air a bhith cur taic ri Fèis an Tairbeirt leis a’ phròg ram ùra aca de lìbhreagadh chlasaichean leantainneach aig na deireadh-seachdainean tro theirm na sgoile.	
AC3	Taic do dh’obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC4	Taic do bhith sgrìobhadh òrain Ghàidhlig ùra	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC5	Cothroman do luchd-ciùil, luchd-dràma is seinneadairean a bhith leasachadh sgilean sgrìobhaidh ùra tro choimiseanan ùra	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
AC6	A’ cur Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig air dòigh	
	Bheir mi taic dha co-obraichean leis an obair seo mar a bhios iomchaidh.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh’obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh’oidean a tha cho faisg ’s as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a’ moladh	
	San dreuchd ùra agam, tha mi ‘n dùil taic a thoirt do dh’Fhèisean le buidseatan mar a bhios iomchaidh, le pròiseactan agus tachartasan.	
AC8	A’ toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil	
	Tro mhìosan an t-Sàmhraidh, rinn mi cinnteach gun d’ fhuair fèisean ionnsramaidean air an robh iad feumach bho ar stòras agus gum faigh iad na tha dhìth orra ‘son tachartasan san àm ri teachd.	
AC9	A’ stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Tha mi toirt taic leantainniche dhan sgeama PVG againn gus dèanamh cinnteach gu bheil na fèisean uile air na tachartasan aca a chur air dòigh le dìon iomchaidh dha chloinn agus inbhich so-leonte.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Tha mi an-còmhnaidh mòladh do dh’Fhèisean gum biodh e math nan cuireadh iad air dòigh oideachadh Sgioba-G aig na tachartasan aca agus bheir mi taic leotha ma tha iad an dùil a dhol air adhart leis.	
AC14	A’ cumail a’ toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Tha mi a’ cur taic ri fèisean agus na cuirmean-ciùil ionadail aca agus tha mi an-còmhnaidh dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh iomchaidh ‘son na tachartasan aca a’ dol a-mach air na cunntasan againn air na meadhanan sòisealta.	

	O chionn greiseag, fhuair Cèilidh air Chuairt Loch Abar cothroman a chluich aig tri cuirmean-ciùil Bhlas mar phàirt den fhèis, far an do chluich iad air beulaibh muinntir na sgìre ionadail aca còmhla ri sàr luchd-ciùil eile.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Tha mi moladh do na fèisean agam luchd-eagrachaidh ionadail fhastadh nuair a bhiodh e freagarrach agus feumail dhaibh. Tha Fèis nan Garbh Chrìochan dìreach air neach-eagrachaidh ùra fhastadh a bhios dèanamh obair dhaibh tro uairean rianachd agus tha mi cur taic rithe gus am faigh i greim air an dreuchd.	
AC17	Taic do bhuidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Tha mi a' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd a tha ag iarraidh fèisean ùra a stèidheachadh. Air an 17mh den t-Sultain chaidh fèis ùra a cumail: Fèis an Taibeirt. Tha mi air a bhith ag obair còmhla riutha gu dlùth a dhèanamh cinnteach gu bheil taic agus comhairle gu leòr aca gus seo a ruith gu siubhaileach. Tha mi cuideachd air a bhith cur taic riutha leis a' phròg ram ùra aca de chlasaichean leantainneach tro theirm na sgoile.	
AC18	A' dol an sàs mar bhuidheann chom-pàirteach ann an obair Chom-pàirteachas Ealain Òigridh na Gàidhealtachd	
	Tha mi cur taic ri Ealain Òigridh na Gàidhealtachd mar a bhios iomchaidh. Tha mi cuideachd air a bhith coimhead air Ealain Òigridh Earra-Ghàidheal agus na dòighean anns a dh'fhaodadh sinn a bhith ag obair ann an co-bhonn còmhla riutha.	
AC19	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile	
	Tha mi cur taic ri Fèis Bhlas nuar a bhios iomchaidh. O chionn greiseag, fhuair Cèilidh air Chuairt Loch Abar cothroman a chluich aig tri cuirmean-ciùil Bhlas mar phàirt den fhèis, far an do chluich iad air beulaibh muinntir na sgìre ionadail aca còmhla ri sàr luchd-ciùil eile. Airson deich seachdainean tron t-Sàmhraidh, bha Diane Bruce ag obair còmhla rinn ann an Inbhir Nis. Rinn i an t-uabhas airson Fèis Bhlas, gu sònraichte a thaobh obair margaideachd air loidhne tro na meadhanan sòisealta.	
AC20	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach, leis na h-ealain Ghàidhlig agus le cur-seachadan ann an coimhearsnachdan, air an cumail ann an Gàidhlig	
	Tha mi cur taic ri na fèisean agamsa le tachartasan còmnaidheach agus cur-seachadan ann an coimhearsnachdan. Tha mi air a bhith ag obair gu dlùth le Fèis Òigridh na Mara, a tha an dùil cruth dhen Fèis aca atharrachadh agus fèis còmhnaidheach a stèidheachadh gach bliadhna san Gearran.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean	
	Tha mi cur taic leantainniche ri na 14 fèisean a th' agam agus ag obair gu dlùth còmhla riutha a dhèanamh cinnteach gu bheil iad a' faighinn comhairle agus taic sam bith a tha dhìth orra.	
AC24	Trèanadh cunbhalach ri fhaotainn do luchd-eagrachaidh nam Fèisean gus dèanamh cinnteach gu bheil na sgilean aca a tha dhìth gus na tachartasan aca a ruith ann an dòigh phroifeiseanta	
	Thathar a' tairgse trèanadh sam bith do dh'fhèisean a bhiodh feumail gus na tachartasan aca a' ruith nas eifigiche. Tha cuid de na fèisean leis a bheil mi ag obair air ùidh a shealltainn ann a bhith leasachadh na sgilean Gàidhlig aca – 's mar sin, tha mi coimhead air dòighean latha-trèanaidh a chur air dòigh dhaibhsan.	
AC25	Trèanadh cunbhalach do luchd-obrach Fèisean nan Gàidheal is nam Fèisean fhèin	
	Tha mi air an bhith air iomadh cùrsa-trèanaidh on a thoisich mi ag obair aig Fèisean nan Gàidheal. 'S iad	

	na leanas: • 18.2.15: Google Juice Bar, Inbhir Nis • 20.4.15 – 24.4.15: ScotGrad Training Week, Am Blàr Dubh • 12.5.15: "Marketing that Works" - Culture Republic, Dùn Èideann • 13.5.15: Marketing Workshop with Muckle Media, Inbhir Nis • 22.5.15: One on One Meeting with Alex Smith, Inbhir Nis • 3.6.15: Group Meeting with Alex Smith, Inbhir Nis • 8.6.15: Arts Award Adviser Training, Inbhir Nis • 1.10.15: Doing Business in Germany, Glaschu • 7.10.15: Trèanadh air an làrach-lìnn ùra còmhla ri Heckie Cormack • 24.11.15: "Open for Business – Seasonality" webinar le HIE • 27.1.16: Trèanadh Ghàidhlig còmhla ri Iain Urchardan, Port Rìgh • 4.2.16 – 5.2.16: "Preparing to Export" le HIE, Inbhir Nis • 10.2.15: Trèanadh air càmarathan le Gordon Willoughby & càmarathan bhideo le Alasdair MacIlleathain • 25.2.16: "Unlocking Twitter Success" – Culture Republic, Dùn Èideann • 2.3.16: Trèanadh Ghàidhlig còmhla ri Iain Urchardan, Port Rìgh • 15.3.16: "Marketing that Works" – Culture Republic, Dùn Èideann • 1.11.16 – 3.11.16: Cùrsa Gàidhlig air sgrìobhadh còmhla ri Ruairidh MacIlleathain, Inbhir Nis • 7.11.16: Latha trèanaidh air gràmar còmhla ri Iain MacIllechiar, Inbhir Nis • 28.11.16 Cùrsa ciad cobhair le British Red Cross, Inbhir nis Faic AC24 airson fiosrachadh mu thrèanadh airson na fèisean fhèin.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Tha cleachdadh na Gàidhlig leantainneach gu ìre air leth soirbheachail, agus tha sinn an-còmhnaidh ag obair gu cruaidh gus àrainneachd Gàidhlig a leasachadh, san oifis agus cuideachd taobh a-muigh an oifis. Tha mi an-còmhnaidh mòladh do dh'Fhèisean gum biodh e math nan cuireadh iad air dòigh oideachadh Sgioba-G aig na tachartasan aca agus bheir mi taic leotha ma tha iad an dùil a dhol air adhart leis. Tha fiosrachadh daonnan a' nochdadh air meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig an toiseach, 's an uair sin, tha eadar-theangachadh sa Bheurla. Tha fàilte Gàidhlig an-còmhnaidh cuir air luchd-tadhail dhan oifis/daoine air a' fon an toiseach, 's a' crochach ris a' fhreagairt aca, còmhraidhean an cumail sa Ghàidhlig, no sa Bheurla. 'S e an aon modh a thathar a' cleachdadh nuair a tha sinn a' tadhal air Fèisean/tachartasan Gàidhlig. 'S i Gàidhlig an cànan tòiseachaidh, 's an uair sin, leanaidh còmhraidhean air sa Ghàidhlig no sa Bheurla – a-rèir freagairt an duine. Tha mi air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter a dhèanamh airson na Fèisean, le abairtean feumail sa Ghàidhlig. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail 's eadar-obrachail, 's mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a' fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi cuideachd air duilleag-cuideachaidh a dhèanamh a chaidh a sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta. San t-Samhainn, chaidh mi air dà chùrsa gus mo chuid Ghàidhlig a neartachadh.
AC28	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt as t-samhradh
	Tha dà fèisean agam aig a bheil Cèilidh air Chuairt as t-Samhradh: Fèis Latharna agus Fèis Lochabair. Thug mi taic dha an dithis dhiubh agus chaidh mi gu Eilean nam Muc còmhla ri Fèis Lochabair, far an do chluich iad cuirm-ciùil san talla ionadail. Tha mi cuideachd air duilleag-cuideachaidh a dhèanamh a chaidh a sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh'fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta.
AC29	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas, a' gabhail a-steach coimisean ùr agus a' leudachadh na Fèise gu bhith ag obair ann an sgìrean eile
	AC19
AC30	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte
	Tha mi a' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha còmharrachadh chuspairean sònraichte nuair a bhios e iomchaidh.

AC31	A’ gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	San Fhaoilleach, chaidh mi gu taisbeanadh aig Celtic Connections, far an robh mi riochdachadh Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Bhlas. Bha cothroman agam a bhruidhinn ri tòrr daoine aig an robh ùidh ann am Blas agus ceòl tràidiseanta gus fiosrachadh a sgaoileadh agus ìomhaigh an fhèise a thogail aig ìre eadar-nàiseanta. Aig toiseach Am Màrt, bha mi nam aoigh aig latha nan dreuchdan Gàidhlig aig Eden Court. Tron latha, fhuair mi cothroman a bhruidhinn ri tòrr dhaoine òga agus mìnich dhaibh an obair a tha Fèisean nan Gàidheal agus Blas a’ dèanamh. Aig deireadh Am Màrt, chaidh mi gu “Employer Carousel” aig Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu, far an d’ fhuair mi cothroman a chabadaich ri tòrr dhaoine òga eadar 13-15 bliadhna a dh’aois mun obair a tha Fèisean nan Gàidheal agus Blas a’ dèanamh, agus na cothroman obrach a bhios ann dhaibh ann an t-saoghal na Gàidhlig nuair a tha iad nas sìne. San Lunasdal, chaidh mi-fhìn agus Arthur gu Cruinneachadh Gàidhlig san t-Òban, far a lìbhrig sinn bùthan-obrach mun obair againn aig Fèisean nan Gàidheal agus BLAS – agus na leasachaidhean a thathar a’ dèanamh gus Gàidhlig a neartachadh ann an Earra-Ghàidheal. San t-Samhain, chaidh mi gu “Siuthad” – latha nan dreuchdan do dheugairean aig a bheil Gàidhlig, a chaidh a chumail ann an Glaschu. Fhuair mi cothrom a chabadaich ri tòrr dhaoine òga mun obair a tha Fèisean nan Gàidheal a’ dèanamh agus na cothroman obrach a bhios ann dhaibh ann an t-saoghal na Gàidhlig nuair a dh’fhagas iad sgoil.	
AC32	A’ dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan	
	Tha ùrachaidhean air tachartasan nam Fèis bitheanta air Facebook, Twitter, Youtube agus Instagram. Tha naidheachdan, dealbhan agus fiosrachadh iomchaidh eile air dh’fhoillseachadh gu tric air adhartas de na Fèisean fa leth, airson mothachadh, agus mar sin, gus am bi na tachartasan eile san àm ri teachd tarraingeach do dhaoine ùra. Airson deich seachdainean tron t-Sàmhraidh, bha Diane Bruce ag obair còmhla rinn ann an Inbhir Nis. Rinn i an t-uabhas airson Fèis Bhlas, gu sònraichte a thaobh obair margaideachd air loidhne tro na meadhanan sòisealta.	
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean		
A’ Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil		
InG3	Cothroman gus tachartasan còmhnaidheach a chumail ann an Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	
	Faic AC20.	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig	
	Tha mi a’ cur taic ri feisean agus a’ dèanamh eadar-theangachaidhean dhaibh gu tric. Tha mi air duilleagan-cuideachaidh airson Facebook is Twitter a dhèanamh airson na Fèisean, le abairtean feumail sa Ghàidhlig. Leis na duilleagan-cuideachaidh seo, thathar an dòchas gum bi na stiùirichean aig gach Fèis comasach ann an bhith cruthachadh meadhanan fiosrachail ‘s eadar-obrachail, ‘s mar sin ag adhartachadh conaltradh le daoine na poblach agus a’ fas mothachadh mu thachartasan agus pròiseactan. Tha mi cuideachd air duilleag-cuideachaidh a dhèanamh a chaidh a sgaoileadh do chòm-pàirtichean air cèilidhean air chuairt le abairtean feumail sa Ghàidhlig, a dh’fhaodadh iad a chleachdadh gus rudan a sgrìobhadh air na meadhanan sòisealta.	
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean		
InG7	A’ cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh	
	Faic AC17.	
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean	
	Faic AC2 agus AC7.	
InG10	Taic ro-innleachdail do dh’Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus prògraman coimhearsnachd a chumail suas	
	Faic AC2.	
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a’ gabhail a-steach: a’ dèanamh airgead,	

	planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean	
	Faic AC24.	
A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan / obraichean do dh'òigridh		
InG15	A' toirt cothroman trèanaidh eile do luchd-obrach is oidean nam Fèisean agus do dhaoine a ghabhas pàirt sna Fèisean	
	Faic AC24.	
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach		
InG16	Taic do bhith leudachadh an àireamh Chèilidhean air Chuairt	
	Faic AC28.	
InG17	A' cur air dòigh agus a' leasachadh Fèis Bhlas	
	Faic AC19.	
InG18	Sgoil Shamhraidh Dràma Ghàidhlig a thèid a chumail gach bliadhna	
	Faic AC6.	
InG19	Cothroman air tachartasan còmhnaidheach far am bi daoine a' dol an sàs sna h-ealain Ghàidhlig agus tachartasan coimhearsnachd a bhios air an cumail ann an Gàidhlig	
	Faic AC20.	
InG20	A' tagradh gum bi pàirt aig na Fèisean ann an tachartasan nàiseanta agus ann am bliadhnaichean a tha comharrachadh chuspairean sònraichte	
	Faic AC30.	
InG21	A' gabhail pàirt ann an tachartasan ann an Alba agus thall thairis far a bheil cothrom ar n-obair a thaisbeanadh	
	Faic AC31.	
Builean Bhòrd na Gàidhlig		
BnG1	Taic do na h-Iomairtean Gàidhlig sna sgìrean far a bheil oifigearan Fèisean nan Gàidheal stèidhichte, le fianais air cuideachadh pragtaigeach nuair a chaidh taic a thabhann ro 31.03.16	
	Tha mi a' cur taic ri na h-iomairtean Gàidhlig nuair a bhios iomchaidh.	
BnG5	Taic do 44 Fèisean air feadh Alba, le tabhartasan, trèanadh, àrachas, ionnsramaidean ciùil agus sgilean Gàidhlig ro 31.03.17	
	Faic AC2, AC7, AC8, AC16, AC21 & AC27.	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.17	
	Tha uiread às na 14 fèisean agam a' lìbhrigeadh Fèis Bheag air choireigin no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean. Tha Fèis Lochabair a-nis a' lìbhrigeadh bùithtean-obrach agus clasaichean airson òigridh bho dh'aois 0-18, le bùth-obrach ùra, Pàrant is Pàiste, a chaidh a chur an gnìomh san Lunasdal airson a' chiad turas. A' bharrachd air Pàrant is Pàiste, tha bùithtean-obrach aca airson aoisean 3-5, 5-7 agus cuideachd na clasaichean àbhaisteach airson 8-18 bliadhna a dh'aois. Tha Fèis na h-Apainne cuideachd a' lìbhrigeadh oideachadh do chloinne bho dh'aois 0-18 agus cuideachd do dh'inbhich. Tha Fèis Latharna an dùil Fèis Bheag a stèidheachadh airson a' phrìomh fhèis aca aig Àm na Càisge 2017. Cuideachd, tha na fèisean a' leanas uile a' tabhann Fèis Bheag no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean mar tha: Fèis Mhuile, Fèis Thiriodh, Fèis an Tairbeirt, Fèis nan Garbh Chrìochan agus Fèis Eige.	

AINM	**KAREN OAKLEY**			
DREUCHD	**OIFIGEAR LEASACHAIDH (FÒRLADH MÀTHAIREIL)**			
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	**A' Leasachadh Sgilean is Thàlantan**	**Ag Adhartachadh Ealain is Cultar na Gàidhlig an Lùib Oideachadh Cruthachail**	**A' Tarraing Luchd-èisteachd is a' Leudachadh nan Àireamhan aca**	**Riaghladh is Luchd-obrach**

Àir.		**Raon sa Phlana**

		Pròg raim
Alba Chruthachail - Àrd-amasan **A' toirt aithne do is a' cur sùim ann an sàr obair is daoine a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain, ann am film is telebhisean agus sna gnìomhachasan cruthachail**		
AC1	Maoineachadh airson leasachaidhean ùra tro Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean	
	Thug mi taic do Fèis a' Bhaile tabhartas luach £750 fhaighinn bho Mhaoin Leasachaidh nam Fèisean anns an Damhair 2016. Chaidh an t-airgead a chur gu feum air bùthan-obrach obair-chòmhlain a dhèanamh còmhla ri Adam Sutherland agus Hamish Napier mar phàirt dhen phrìomh fhèis aca san Damhair 2016. Rinneadh an uair sin consairt na fèise aig Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig ann am meadhan-bhaile Inbhir Nis air 14/10/16, 's iad a' comharrachadh 25 bliadhna on a thòisich an fhèis sa bhaile.	
AC2	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus a tha airson pròg ram obrach fad na bliadhna a chur air chois	
	Tha seachd a-mach à deich dhe na fèisean agam a' tabhainn clasaichean agus bùthan-obrach tron a' bhliadhna, a bharrachd air a' phrìomh fhèis aca* Bidh mi a' toirt stiùireadh dhaibh nam obair làitheil. Mar eisimpleir, tha mi air a bhith a' toirt taic do Fèis Inbhir Narainn an ràith-sa, 's iad a' tòiseachadh sreath ùr de bhùthan-obrach Seinn Ghàidhlig sa Bhliadhn' Ùr. * Fèis a' Bhaile, Fèis Farr, Fèis Inbhir Narainn, Fèis Mhoireibh, Fèis Obar Dheathain, Fèis na h-Òige agus Fèis Spè	
AC3	Taic do dh'obair ùr agus obair a tha feuchainn rudan ùra sna h-ealain Ghàidhlig	
	Tha mi a' toirt taic dha Fèis na h-Òige a tha a' cur sreath de bhùthan-obrach do dheugairean ann an sgilean camara air dòigh airson an ath-theirm. Bidh am pròiseact ann an co-bhonn le Sabhal Mòr Ostaig, agus air a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.	
Tha cothrom aig a h-uile duine pàirt a ghabhail ann is tlachd fhaighinn às na h-ealain is nithean cruthachail		
AC7	Barrachd maoineachadh cunbhalach do dh'obair nam Fèisean tro Sgeama Thabhartasan nam Fèisean a leigeas leinn pàigheadh a thoirt do dh'oidean a tha cho faisg 's as urrainn air na h-ìrean a tha Aonadh an Luchd-chiùil a' moladh	
	Mar phàirt dhen obair làitheil agam, bidh mi a' cuideachadh na Fèisean foirmean tagraidh a' lionadh agus gum faigh iad airgead na Sgeama ann an deagh ùine. Bidh mi a' moladh ìrean aonaidh an luchd-chiùil a phàigheadh cho mòr 's a 's urrainn agus a' toirt taic phrataigeach dhaibh le buidseatan.	
AC8	A' toirt cothrom an-asgaidh do na Fèisean air ionnstramaidean ciùil bho ar Stòras Ionnsramaidean Ciùil.	
	Fhuair Fèis Obar Dheathain iasad de bhodhrain is dhrumaichean bho ar Stòras airson a bhùth-obrach na Samhna aca.	
AC9	A' stiùireadh sgeama PVG bho ar prìomh oifisean gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon ga dhèanamh air clann is inbhich a tha feumach air an dìon	
	Tha mi a' toirt stiùireadh do na Fèisean agam gus dèanamh cinnteach gu bheil dìon iomchaidh aig tachartasan nam Fèisean, le taic bho ar Oifigear Dìon-Chloinne, Sandy Gray.	
AC12	Obair Ghàidhlig aig na Fèisean le Sgioba-G	
	Bidh mi a' brosnachadh na Fèisean agam gus feum a dhèanamh dhe Sgioba G an uair a tha e iomchaidh.	
AC14	A' cumail a' toirt taic do chuirmean Fhèisean ionadail	
	Bidh mi a' frithealadh cuirmean fhèisean ionadail cho mòr 's a urrainn. Air 01/10/16 mar eisimpleir, thadhal mi air Fèis na h-Òige, 's iad a' cumail sgrionadh dhen fhiolm "Hamish" mu bheatha agus buaidh Hamish MacEanraig. Fhuaras iasad dhen uidheamachd bhon bhuidheann Cinema for All tha iad an dùil sgrìonaidhean a bharrachd a chumail sa Bhliadhn' Ùra, far an seall iad earannan Fiolm G cuideachd.	
Thèid cruth-atharrachadh a thoirt air àiteachan is beatha dhaoine tro mhac-meanmna dhaoine, àrd-amasan agus tuigse air na e an comas do dhaoine a chruthachadh		
AC16	A' cumail a' toirt taic do luchd-eagrachaidh ionadail tro Uairean Bliadhnail mar phàirt de Sgeama Thabhartasan nam Fèisean	
	Bidh mi gu tric a' conaltradh le luchd-eagraichaidh nam Fèisean ionadail mar phàirt dhen obair làitheil agam.	
Thèid beachdan-smaoin a chur an gnìomh le caochladh luchd-obrach is cheannardan sgileil a nì obair ann an co-cheangail ri chèile		
AC21	A' cumail a' tairgse taic ro-innleachdail is phragtaigeach tro lìonra de dh'Oifigearan Leasachaidh agus gach oifigear a' coimhead às dèidh grunn Fhèisean.	
	Tha deich Fèisean agam agus bidh mi a' toirt cuideachadh dhaibh an iomadach dòigh leithid a' leasachadh phròiseactan ùra, eadar-theangachadh agus a' moladh dòighean airgid a thogail. Bidh na h-Oifgearan Leasachaidh cuideachd a' conaltradh le chèile agus a' faotainn taic phrataigeach gu	

	cunabhalach.
Tha Alba na dùthaich shònraichte, chruthachail aig a bheil ceanglaichean ris an t-saoghal	
AC27	A' cuideachadh nam Fèisean le bhith cur ar Poileasaidh Gàidhlig an gnìomh
	Bho latha gu latha, bidh mi a' toirt taic do na fèisean agam a bhith a' dealbhachadh sanasachd da-chànanach, a moladh tuitearan aig a bheil Gàidhlig (neo a tha a' dèanamh adhartas innte) agus a' toirt cuideachadh dhaibh le abairtean feumail a dh' fhaodar cleachdadh aig bùthan-obrach.
AC32	A' dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig tòrr dhaoine air an obair againn tro bhith dèanamh feum de dhiofar mheadhanan
	Bidh mi a' sanaasachd obair nam Fèisean tro phostachd na sgoile, tro thuitearan YMI, air na meadhanan-sòisealta, na meadhanan traidiseanta (leithid Radio nan Gàidheal) agus tro "naidheachdan" na làrach-lìn againne.
Builean Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean	
A' Toirt Ealain is Cultar na Gàidhlig air Adhart an Lùib Oideachadh Cruthachail/na seirbheis Fèisgoil	
InG5	Eadar-theangachaidhean Gàidhlig
	Faicibh AC27.
Taic do is ag Adhartachadh nam Fèisean	
InG7	A' cur taic ri buidhnean coimhearsnachd airson obair leudachaidh agus gus Fèisean ùra a stèidheachadh
	An ràith-sa, thug mi stiùireadh do Fèis an Iar Dheas a chum a' chiad latha fèise aca air 01/10/16. Bha 29 com-pàirtichean an lùib òrain Ghàidhlig, dannsa-cèilidh agus oideachadh-ciùil. Bidh mi coinneachadh leotha air 03/12/16 gus bruidhinn air ciamar a ghabhas a neartachadh.
InG8	A' cur airgead an seilbh Maoin Leasachaidh nam Fèisean gus leasachaidhean cruthachail ùra a mhaoineachadh ann an coimhearsnachdan agus tha an t-airgead sin a' toirt cothrom don luchd-iarrtais tuilleadh maoineachaidh a tharraing a-steach
	Faicibh AC1
InG9	Taic ro-innleachdail is phragtaigeach do na Fèisean bho-lìonra taice nam Fèisean
	Faicibh AC2, AC3 & AC21.
InG10	Taic ro-innleachdail do dh'Fhèisean a tha airson an obair aca a leudachadh agus prògraman coimhearsnachd a chumail suas
	Faicibh AC2 & AC3
InG11	Prògraman gus sgilean dhaoine a leasachadh, a' gabhail a-steach: a' dèanamh airgead, planadh ionmhasail, Ciad Chobhair, agus trèanadh Dìon Chloinne airson luchd-obrach is luchd saor-thoileach nam Fèisean
	A bharrachd air a bhith a' coimhead air planaichean leasachaidh nam Fèisean, tha mi tric a' conaltradh ri comataidhean nam Fèisean faic dè an trèanadh a tha a dhith orra. An-dràsta, tha mi a' cur trèanadh ciad-cobhair air dòigh dha Fèis Obar Dheathain.
A' tarraing luchd-èisteachd is a' leudachadh nan àireamhan aca/turasachd chultarach	
Builean Bhòrd na Gàidhlig	
BnG6	Bidh 6 Fèisean air clasaichean 'Fèis Bheag' no bùithtean-obrach airson nan tràth-bhliadhnaichean a ruith ro 31.03.17
	Tha còig dhe na fèisean agam a' tabhainn chlasaichean Fèis Bheag.* Bha deagh seisean Fèis Bheag aig Fèis Obar Dheathain – a fhuair taic luach £1,000 o Bhòrd na Gàidhlig – mar phàirt dhen leth-latha fèise aca air 13.11.16. Bha ochdnar san t-seisean fo aois sgoile, agus chumar geamanan is òrain tro mheadhan na Gàidhlig. Bhitheadh barrachd chloinne air a bhith ann nan robh rùm air a bhith ann. Seo aon dhe na pàirtean air an toir mi taic dhaibh air thoiseach air an fhèis tri latha aca sa Ghearran 2017. *Fèis Farr, Fèis Inbhir Narainn, Fèis Obar Dheathain, Fèis na h-Òige agus Fèis Spè
BnG20	A' cur Poileasaidh Gàidhlig na buidhne an gnìomh, le dearbhadh gur i Gàidhlig cànan obrach Fèisean nan Gàidheal.
	'S i a' Ghàidhlig an cànan na h-oifis o latha gu latha. 'S i an cànan air am bi mi a' cur fàilte air daoine an uair a tha iad a' bruidhinn air a' fòn neo a' tadhal air an oifis. Bidh an còmhradh an uair sin a' leantainn a-rèir dè an cainnt sa bheil an neach a' freagairt. Air an làrach-lìn agus duilleagan sòisealta Fèisean nan Gàidheal, bidh na sgrìobhaidhean agam a-nochdadh ann an Gàidhlig sa chiad dol a-mach mus an nochd iad sa Bheurla.

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org